



**AITHISG
BHLIADHNAIL
& AITHRIS NAN
CUNNTASAN**

**ANNUAL REPORT
& STATEMENT OF
ACCOUNTS**

19/20



LÈIRSINN MG ALBA

Gum bi na meadhanan Gàidhlig aithnichte fad is farsaing airson obair chruthachail, ùr-ghnàthach agus den ìre as àirde

MG ALBA VISION

That Gaelic media is recognised universally for creativity, innovation and the highest standards

RÙN

- Geallaidh sinn spionnadh agus brosnachadh a thoirt tron Ghàidhlig agus na meadhanan
- A' toirt Gàidhlig thugaibh

MISSION

- Our promise is to inspire and encourage through Gaelic and media
- Bringing Gaelic to you

LUACHAN

- 'S e ar luchd-amhairc ar spionnadh
- Tha sinn daonnan a' sireadh sàr-mhathas nar n-obair
- Tha sinn gar giùlain fhèin le ceartas, follaiseachd agus treibhdhreas
- Tha sinn a' toirt urram is taic do chàch a chèile
- Tha co-obrachadh agus com-pàirteachas aig cridhe ar n-obrach
- Tha MG ALBA a' toirt prìomhachas don luchd-amhairc

VALUES

- Our audience is our inspiration
- We strive always to achieve excellence in our work
- We treat everyone with fairness, openness & integrity
- We respect and support one another
- Teamwork and partnership are at the heart of what we do
- MG ALBA puts the audience first



25 June 2020

Lord Burns
Chairman
Ofcom
Riverside House
2A Southwark Bridge Road
LONDON
SE1 9HA

Dear Lord Burns

Annual Report and Accounts

An co-chòrdadh ri Earrann 19 (12) de Achd Craolaidh 1990, tha mi a' cur an cois seo Aithisg Bhliadhnaile Sheirbheis nam Meadhanan Gàidhlig agus Aithris nan Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2020.

In accordance with Schedule 19 (12) of the Broadcasting Act 1990, I enclose the Annual Report of Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig (Gaelic Media Service) and the Statement of Accounts for the year ended 31 March 2020.

Le dùrachd

Allan MacDonald
CHAIR

Clàr-innse

Rùn, Lèirsinn, Luachan	2
Teachdaireachd a' Chathraiche	6
Lèirmheas an Àrd-Oifigeir	10
Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean	16
Prìomh Chomharran Dèanadais	20
Lèirmheas BBC ALBA.....	22
Lèirmheas Leasachaidh.....	34
Aithris Riaghlaidh.....	42
Cunntasan airson na bliadhna a dhùin 31 Màrt 2020	46
Tuilleadh Fiosrachaidh	92
Luchd-obrach	94
Am Bòrd.....	96
Comhairlichean & Fiosrachadh	100

Contents

Mission, Vision, Values	2
Chair's Message	6
Chief Executive's Review	10
Activities & Business Review.....	16
Key Performance Indicators	20
BBC ALBA Review.....	22
Development Review	34
Governance Statement.....	42
Accounts for the year ended 31 March 2020.....	46
Additional Information	92
Staff.....	94
Board	96
Advisors & Contact Details.....	100

Teachdaireachd a' Chathraiche

Tha e air a bhith na thoileachas mhòr dhomh ann a bhith a' breithneachadh air ar dèanadas bhliadhnail faighinn a-mach gu bheil ìre luachaidh BBC ALBA aig ìre nàiseanta agus am measg na coimhearsnachd Gàidhlig air a dhol am meud tron bhliadhna.

Tha seo a' tighinn aig àm nuair a tha daoine a' coimhead nas lugha agus nas lugha air telebhisean loidhneach agus a' cleachdadh susbaint thar iomadh ùrlar san t-saoghal dhìdeatach. Tha YouTube mu thràth mar phrìomh thùs susbaint am measg dhaoine aois 16-34. 'S ann an sin a tha ar dùbhlann airson an ama ri teachd – poileasaidh agus barantas ionmhais a lìbhrigeadh gus leigeil le MG ALBA susbaint àrd-chàileachdail a sholarachadh sa Ghàidhlig ge bith càite a bheil daoine a' cleachdadh susbaint. Chan eil teagamh sam bith ann gu bheil daoine ga iarraidh agus ga mheas.

Tha Riaghaltas na h-Alba fhathast seasmhach agus dìorrasach nan dealas airson taic leantainneach a chumail rinn ann an amannan dùbhlannach. Bha mi air leth toilichte fàilte a chuir air an Leas Phrìomh Mhinistear John Swinney BPA chun oifis againn ann an Steòrnabhagh sa Ghearran, agus leis an naidheachd gu bheil an £1m, a chaidh a thoirt dhuinn bho chionn beagan bhliadhnaichean mar thaic a bharrachd don phrìomh bhuidseit againn, a-nis air a dhaingneachadh, a' toirt dhuinn àrdachadh cudromach anns a' mhaoineachadh bunaiteach againn. Tha seo a-nis £12.98m airson na bliadhna 2020-21.

Is e ar fòcas soilleir a bhith a' daingneachadh àite airson na Gàidhlig anns na meadhanan san àm ri teachd. Ann an saoghal a tha ag atharrachadh gu luath agus cleachdaidhean luchd-amhairc ag atharrachadh gu mòr, feumaidh sinn freagairt le bhith deiseil airson cruth-atharrachadh a dhèanamh air na modalan riochdachaidh agus sgaoilidh againn. Bho 2008, tha ar com-pàirteachas leis a' BhBC air a bhith air leth soirbheachail ann an amannan dùbhlannach agus tha sinn, le chèile, moiteil a seo. Ach, tha Bòrd MG ALBA den bheachd gum feum sinn sa bhad planadh airson

an ama ri teachd gus cunnart mòr a sheachnadh – 's e sin a bhith a' faicinn adhartas, a thug stri mhòr a chosnadh, a' crìonadh. Ged a tha an luchd-obrach againn air a bhith ag obair gu h-èifeachdach còmhla ann an com-pàirteachas, chan eil frèam no fòram eadar sinn fhèin agus am BBC aig ìre Bùird an-dràsta gus dòigh-obrach ro-innleachdail no lèirsinn cho-roinnte adhartachadh – eileamaid riatanach ann a bhith a' dealbhadh agus a' lìbhrigeadh cruth-atharrachadh.

Ann am bliadhna far a bheil frèam-obrach craolaidh Bhreatainn fo sgrùdadh tro Lèirmheas Craoladh Seirbheis Poblach, agus le sgrùdadh meadhan-teirm Cead Craolaidh a' BhBC a' tighinn am fòcas, tha mi toilichte a dhearbhadh gu bheil MG ALBA a-nis, le taic Riaghaltas na h-Alba, an sàs ann an còmhraidhean ro-innleachdail le Riaghaltas na Rìoghachd Aonaichte agus Riaghaltas na h-Alba, Ofcom agus am BBC. Tha seo ag amas air rèiteachadh ùr airson craoladh Gàidhlig a thoirt air adhart. Is e ar n-amas dèanamh cinnteach gu bheil slighe shoilleir le goireasan gu leòr stèidhichte



Chair's Message

It has been a great pleasure for me in reviewing our annual performance to find that the level of appreciation of BBC ALBA at national level and amongst the Gaelic speaking community has increased during the year.

This comes at a time when people are watching less and less linear television and consuming content across multifarious distributors in the digital world. YouTube is already the primary source of content amongst 16-34 year olds. Therein lies our challenge for the future – delivering policy and financial surety to enable MG ALBA to supply high-quality product in Gaelic wherever people are consuming content. There is no doubt that people want it and appreciate it.

The Scottish Government continues to be steadfast and enthusiastic in their commitment to ongoing support in challenging times. I was delighted to welcome Deputy First Minister John Swinney MSP to our Stornoway office in February, and with the news that the £1m, which we have in recent years been awarded as an additional subvention to our core budget, has now been consolidated, giving us an important increase in our base funding. This is now £12.98m for the year 2020-21.

Securing a future for Gaelic in the media is our clear focus. In a fast-changing world and dramatically changing viewer habits, we must respond by being prepared to transform our models of production and distribution. Since 2008, our partnership with the BBC has been a great success in challenging times and of this we are together rightly proud. However, the MG ALBA Board believes that we urgently need to plan for the future to avoid a serious risk of seeing a hard-fought positive narrative ebbing into decline. Whilst our executives have worked effectively together in a partnership operational team, there is currently no framework or forum between us and the BBC at Board level in which to jointly advance a strategic approach or shared vision – an essential element in the design and delivery of transformation.

In a year where the framework of British broadcasting is under scrutiny through the Public Service Broadcasting Review, and with the BBC mid-term charter review moving into focus, I am pleased to confirm that MG ALBA is now, with the support of the Scottish Government, engaging in a strategic discussion with the UK and Scottish Governments, Ofcom and the BBC. This is aimed at progressing a new settlement for Gaelic broadcasting. Our aim is to ensure that there is a well-resourced and clear directional pathway based on partnership and collaboration, robust enough to deal with the challenges and opportunities that will lie ahead in the next decade in a very volatile media climate.

▲ **£3.1M**

**CO-MHAOINEACHADH
TREAS-PHÀRTAIDH
AIRSON PRÒGRAMAN**

**3RD PARTY PROGRAMME
CO-FINANCE**

air com-pàirteachas agus co-obrachadh, làidir gu leòr gus dèiligeadh ris na dùbhlain agus na cothroman a bhios ann anns na deich bliadhna a tha romhainn ann an àrainneachd mheadhanan a tha gu math caochlaideach.

Anns a' chiad bhliadhna shlàn agam mar Chathraiche, tha mi gu math mothachail gu bheil luchd-obrach fìor thàlantach is sgileil aig MG ALBA a bhios gu cunbhalach a' libhrigeadh, ann an com-pàirteachas leis an roinn neo-eisimeileach agus ar co-obraichean sa BhBC, susbaint den chàileachd, innleachd agus mac-meanmna as àirde. Mar sin chan eil e na iongnadh dhomh gun deach MG ALBA ainmeachadh aon uair eile le *Broadcast* mar fhear de na h-àiteachan-obrach as fheàrr ann an telebhisean san Rìoghachd Aonaichte. Tha mi taingeil airson na tha an sgioba gu lèir a' dèanamh agus a bhith cinnteach gu bheil na meadhanan Gàidhlig daonnan ag àrdachadh inbhean agus a' frithealadh ar coimhearsnachdan le dealas.

Tha sinn uile làn mhothachail mun fheum air an luach as motha a thoirt seachad bhon t-seilbheach phoblach leis a bheil e mar dhleastanas oirnn buannachd chultarach is eaconamach a thoirt gu buil. Chan eil eisimpleir nas fheàrr san aithisg bhliadhna air an seo, na tron ro-innleachd eadar-nàiseantachd againn a thug £3.1m de luach a-staigh airson cosgais do MG ALBA de £635k, agus a choisinn duaisean eadar-nàiseanta airson càileachd.

Feumaidh mi taing mhòr a thoirt do mo cho-obraichean air a' Bhòrd airson an dealas, taic agus gliocas leantainneach, agus còmhla tha sinn air leantainn air adhart le clàr de riaghlachas làidir. Tron bhliadhna, chaidh measadh aig ìre "susbainteach" a thoirt seachad ann an sgrùdadh neo-eisimeileach air èifeachdas a' Bhùird. Thèid tuilleadh obrach a dhèanamh aig ìre Comataidh ann an 2020-21. Am-bliadhna bha sinn air leth toilichte fàilte a chuir air ceathrar bhall ùra, Marion Nic na Ceàrdaich, Rhoda NicDhòmhnaill, Lisa Annette agus Iain Mac a' Mhaoilein chun a' Bhùird

agus iad a' tòiseachadh air na teirmean ceithir-bliadhna aca. Bha sinn duilich Calum MacFhearghais a chall nuair a lean e dreuchd ball-coise ann an Canada agus Sealán Nuadh agus tha sinn a' toirt taing dha airson nam bliadhnaichean de sheirbheis don Bhòrd. Tha mi cuideachd a' toirt taing dhùrachdach do Jo NicDhòmhnaill agus Dàibhidh Brew, a chrìochnaich nan teirmean aca air 30 Giblean, agus a tha le chèile air ochd bliadhna a chuir seachad air bòrd MG ALBA, a' toirt a-steach dreuchdan mar Chathraichean Chomataidhean, gu dìcheallach agus gu deònach. Bidh sinn ag ionndrainn an cuid taic agus an sgilean gu mòr.

Aig deireadh na bliadhna ionmhais seo, tha sinn air sinn fhèin a lorg ann an suidheachadh do-chreidsinneach. Bithear a' faireachdainn buaidh Covid-19 airson ùine mhòr agus feumaidh sinn ullachadh airson sin. Tòisichidh a' bhuaidh meadhan-ùine agus fad-ùine air a' ghnìomhachas riochdachaidh air nochdadh ann an clàr foghair BBC ALBA nas fhaide air adhart ann an 2020. Tha dealbhadh èifeachdach agus leantainneachd gnothaich sa gheàrr-ùine air dèanamh cinnteach gu bheil an gluasad gu 'àbhaisteach ùr' air a bhith às aonais chùis agus bidh sinn a' cumail ri comhairle an riaghaltais mu libhrigeadh gnìomhachais. Bidh sinn cuideachd a' dèanamh nas urrainn dhuinn gus tuigsinn agus gus taic a chumail ri na solaraichean a tha ag obair air an ceann fhèin, anns na roinnean neo-eisimeileach agus na roinnean cultarail.

Tha mi a' guidhe gum bi a h-uile duine sàbhailte agus ann an deagh shlàinte sa bhliadhna a tha romhainn, a thuilleadh air gum bi sior fhàs soirbheachail nar n-amas coitcheann a bhith a' libhrigeadh seirbheis susbaint àrd-inbhe anns a' Ghàidhlig.

In my first full year as Chair, it has become clear to me that MG ALBA has a very talented and highly skilled workforce who consistently deliver, in partnership with the independent sector and our BBC colleagues, content of the highest quality, invention and imagination. It is therefore no surprise to me that in January MG ALBA was once again voted by trade magazine "Broadcast" as one of the 'Best Places To Work In Television' in the United Kingdom. I am grateful for all the team do to ensure that Gaelic media is always raising its standards and serving our communities with dedication.

We are all fully aware of the need for the maximum value to be delivered from the public investment with which we are entrusted to yield positive cultural and economic benefit. Nowhere is this better illustrated in this year's annual report than through our internationalisation strategy which raised £3.1m of inward value for an MG ALBA outlay of £635k and won international awards for quality.

I have to most sincerely thank my colleagues on the Board for their continuing commitment, support and wisdom, and together we have continued to pursue an agenda of strong governance. During the year, an assessment of a "substantial" level of assurance was delivered in an independent review of Board effectiveness. Further work at Committee level will be carried out in 2020-21. This year we were delighted to welcome four new members, Marion Sinclair, Rhoda Macdonald, Lisa Annette and Iain MacMillan to the Board as they begin their four-year appointments. We were sorry to lose Calum Ferguson as he pursued a footballing career in Canada and New Zealand and thank him for his

years of service to the Board. I also sincerely thank Jo MacDonald and David Brew, whose terms of appointment finished on 30 April, and who have both served eight years on the board of MG ALBA diligently and enthusiastically, including roles as Chairs of Committees. Their considerable input and skills will be missed.

At the end of this financial year, we have all found ourselves in unimaginable circumstances. The impact of Covid-19 will be felt for a long time and we must all prepare for that. The medium to long-term impact on the production industry will begin to manifest itself in the BBC ALBA autumn schedule later in 2020. Effective planning and business continuity arrangements for the short term have ensured that the transition to a 'new normal' has been without issue and we continue to adhere to government advice on business delivery, but also to do everything we can to understand and support challenges facing the supply chain in the freelance, independent and cultural sectors.

I wish everyone to be safe and in good health in the year to come, as well as having growing success in our shared ambition of delivering a high-quality content service in the Gaelic language.

Broadcast

BEST PLACES to work in TV 2019

▲ 85%

MOTHACHADH NÀISEANTA MU BBC ALBA

NATIONAL AWARENESS OF BBC ALBA



2



3



▲ 79%

MEUDACHADH ANN
AM FÀS COIMHEAD
SUSBAINN DIDSEATACH
CRUTH GOIRID

GROWTH OF SHORT-
FORM DIGITAL
CONTENT VIEWING

Lèirmheas an Àrd-Oifigeir

Ann a bhith a' cur crìoch air a' bhliadhna ionmhais gu 31 Màrt 2020 bha mi air leth moiteil à co-obrachaidhean agus com-pàirtichean MG ALBA a tha air eadar-ghluasad gu soirbheachail, le dealas agus proifeiseantachd sònraichte agus gun briseadh sam bith air seirbheis, gu dòighean-obrach ùra mar phàirt den fhreagairt againn do dh'èiginn Covid-19.

Bha na planaichean leantainneachd gnothachais againn air ar n-ullachadh airson leithid de thachartas agus tha sinn an dòchas ann a bhith a' tairgse seirbheis meadhanan Gàidhlig freagartheil gun do chuidich sinn iadsan a tha a' fulang leis an èiginn seo agus iadsan a tha ag obair gu misneachail air an loidhne aghaidh. Tha sinn fada an comain ar luchd-obrach, ar co-obrachaidhean aig a' BhBC agus cuideachd ar com-pàirtichean riochdachaidh air an deach briseadh a chuir air na gnìomhachasan aca agus a tha air sùbailteachd agus ùr-ghnàthachadh air leth a nochdadh gus solar phrògraman a chumail suas, agus tha sinn dha-rìreabh taingeil airson seasmhachd taic Riaghaltas na h-Alba a leigeas le MG ALBA seo a dhèanamh comasach.

Bha a' bhliadhna ionmhais ainmeil airson soirbheachas ar susbainn Ghàidhlig, nam measg grunnan dhuaisean agus fàs brosnachail air an iPlayer, air-loidhne agus air na meadhanan sòisealta. Thug co-obrachadh le craoladairean san RA agus eadar-nàiseanta, buidhnean agus riochdairean susbainn àrd-inbhe do luchd-amhairc BBC ALBA, agus tha sinn gu sònraichte taingeil do ar com-pàirtichean riochdachaidh a chruthaich susbainn a dh'adhbhraich ìrean còrdaidh nach fhacas roimhe. Tha sinn gu math pròiseil cuideachd às ar freagairt prògramaidh fhèin do dh'èiginn Covid-19 agus cruthachadh a' bharrann ùr A-staigh, a leig le luchd-labhairt na Gàidhlig air feadh an t-saoghail rudeigin de am beatha agus an cuid eòlais a cho-roinn le luchd-amhairc BBC ALBA.

Chief Executive's Review

As we completed the financial year to 31 March 2020 I was exceptionally proud of MG ALBA colleagues and partners who have successfully transitioned, with great dedication and professionalism and without disruption to service, to new ways of working as part of our response to the Covid-19 crisis.

Our business continuity plans had prepared us for such an eventuality and it is our hope that being able to offer such a responsive Gaelic media service helps support those who are suffering through this crisis and those who are courageously working on the front line. We owe a debt of gratitude to our staff, our colleagues at the BBC and also to our production partners whose businesses have been disrupted and who have demonstrated great flexibility and innovation to maintain programme supply, and we are exceptionally appreciative of the constancy of support from the Scottish Government which allows MG ALBA to enable all of this.

The financial year was notable for the successes of our Gaelic content, including a number of awards and impressive growth in iPlayer, online and social media viewing. Collaboration with other UK and international broadcasters, agencies and producers brought exceptionally high-quality content to BBC ALBA viewers, and we are particularly grateful to all our production partners whose content created record high approval ratings. We are justifiably proud also of our own programming response to the Covid-19 crisis and the creation of the new A-staigh brand, which has allowed Gaelic speakers across the world to share something of their lives and experiences with the BBC ALBA audience.



Chùm Lèirsinn 2021, an sealladh còig-bliadhna againn, a' stiùireadh ar gnìomhan sa

bhliadhna a dh'fhalbh agus chuir grunnan iomairtean ri ar n-amasan taic a thoirt do dh'fhàs ann an cleachdadh na Gàidhlig, ann a bhith a' togail sgilean agus ann a bhith a' cruthachadh cothrom eaconamach tro na meadhanan Gàidhlig. Dh'fhoillsich LearnGaelic an làrach-lìn aca às ùr agus lean e air a' fàs agus chunnacas an àireamh a b' àirde fhathast airson com-pàirteachas ann am FilmG, iomairt com-pàirteachais le Cànán Graphics Studio.

Bha fòcas sònraichte de ar planadh air an dòigh as fheàrr air taigse didseatach fhàs ann an loidhne le fàs buaidh agus càileachd na seirbheis telebhisein. Bha mi air leth toilichte gun robh e comasach dhuinn ar Sgioba Àrd-stiùiridh a neartachadh le bhith a' cur Iseabail Nic an t-Sagairt an dreuchd mar Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair agus Ealasaid Dhòmhnallach mar Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh. Le fastadh cuideachd air Co-òrdanaiche Conaltraidh & Susbaint ùr, Neach-trèanaidh Ionmhais agus Riochdaire Leasachaidh Didseatach tha sinn a' neartachadh slàinte na Gàidhlig air an sgrion san àm ri teachd. Tha cruthachadh Lèirsinn ùr mar aon de na sàr phrìomhachasan againn airson 2020, agus sinn a' feuchainn ris an tuilleadh sheilbheach fhaighinn ann am prìomhachasan susbaint Ghàidhlig leithid sreath ùr ionnsachadh cànan, tachartasan beò, dràma agus comadaidh airson luchd-amhairc didseatach.

Tha a bhith a' faighinn lorg air susbaint Ghàidhlig ann an àrainnean air-loidhne agus meadhanan sòisealta a tha a' sìor fhàs farpaiseach na dhùbhlàn mòr, gu sònraichte le algoritmean agus tuigse inntealta a-nis cuideachd a' stiùireadh coimhead susbaint air-loidhne. Anns a' bhliadhna a tha romhainn gabhaidh sinn ceumannan practaigeach agus susbaint Ghàidhlig a bhrosnachadh ann an

dòighean ùra agus ùr-ghnàthach agus nì sinn molaidhean poileasaidh gu co-chomhairleachadh Deasbad Mòr Sgrion Beag aig Ofcom agus an rannsachadh Craolaidh Seirbheis Poblach san àm ri teachd aig Comataidh Thaghte na Roinne airson Didseatach, Cultar, Meadhanan & Spòrs (DCMS).

Tha na còmhraidhean mu Chraoladh Seirbheis Poblach cudromach airson nam meadhanan Gàidhlig san àm ri teachd airson iomadach adhbhar, nam measg maoinachadh a' BhBC san àm ri teachd agus an solar poileasaidh a tha riatanach airson craoladh Gàidhlig. Anns a' bhliadhna a tha romhainn, cuiridh sinn seachad cuibhreann sònraichte de ar n-ùine agus goireasan agus bunaithean poileasaidh nam meadhanan Gàidhlig a shoilleireachadh agus a neartachadh anns an àrainneachd mheadhanan ioma-chruth



seo a tha a' sìor fhàs measgaichte agus farpaiseach. Leanaidh sinn oirnn a' sìreadh làn chinnt mu mhaoineachadh agus seirbheis meadhanan Gàidhlig ioma-chruth a libhrigeadh san àm ri teachd, a' togail air na h-irean àrda de shàsachd susbaint gus buaidh luchd-amhairc, cànan, cultar, agus cùisean sòisealta agus eaconamach a mheudachadh.

DÈANADAS IONMHASAIL

Ann an 2019-20, fhuair MG ALBA £12.9m ann am maoinachadh tabhartais bho Riaghaltas na h-Alba agus £173k de theachd-a-steach eile, an coimeas ri £13.4m agus £252k a' bhliadhna roimhe sin. Mar sin, bha ar tabhartas susbaint dhìreach de £11.7m gu BBC ALBA beagan nas lugha na a' bhliadhna roimhe. Ach, mar a rinn an Cathraiche soilleir, fhuair soirbheachas nan iomairtean co-obrachail againn còrr air £3m de luach sgrion airson BBC ALBA, àrdachadh de mu £2m air a' bhliadhna

Lèirsinn 2021, our five-year vision, continued to drive our activities in this past year and various initiatives contributed towards our aims of supporting growth in Gaelic language usage, in skills acquisition and in creating economic opportunity through Gaelic media. LearnGaelic re-launched its website as it continued to grow and FilmG, a partnership with Cànán Graphics Studio, set another record for participation.

A significant focus of our planning was on how best to grow a digital offer in step with growing the impact and quality of the television service. I was delighted that we were able to strengthen our Senior Management Team with the appointment of Iseabail Mactaggart as Director of Multiplatform Content and Ealasaid MacDonald as Director of Strategy & External Affairs. With the appointment also of a new Communications & Content Co-ordinator, a Finance Trainee and a Digital Development Producer we are investing in the future health of Gaelic screen. The creation of a new Lèirsinn is one of our top priorities for 2020, as we seek to secure increased investment in Gaelic content priorities such as a new language learning series, live events, drama and comedy for digital audiences.



Finding Gaelic content in increasingly competitive online and social media domains is a pressing challenge, particularly with algorithms and artificial intelligence now also driving online content viewing. In this coming year we will take practical steps to promote Gaelic content in new and innovative ways and will make policy proposals to Ofcom's

Small Screen Big Debate consultation and The Future of Public Service Broadcasting inquiry by the DCMS Select Committee.

The discussions on Public Service Broadcasting are important for the future of Gaelic media for many reasons, including the future funding of the BBC and the policy provisions that are required for Gaelic broadcasting. In the coming year, we will dedicate a significant portion of our energies to clarifying and strengthening the policy foundations of Gaelic media in this increasingly fragmented and competitive multiplatform media environment. We will continue to seek certainty of funding to deliver a future multiplatform Gaelic media service, building on current high levels of content satisfaction in order to increase audience, language, cultural, social and economic impacts.

FINANCIAL PERFORMANCE

In 2019-20, MG ALBA received £12.9m in grant funding from the Scottish Government and £173k of other income, compared to £13.4m and £252k the previous year. As such, our direct content contribution of £11.7m to BBC ALBA was somewhat less than the previous year. However, as the Chair has pointed out, the success of our collaborative ventures secured over £3m of screen value for BBC ALBA, an increase of some £2m over the previous year. Nevertheless, it was disappointing that the combined contributions of the BBC and MG ALBA allowed only for 1.8 hours of daily first-run content on BBC ALBA, compared with 1.9 hours of first-run content per day in the previous year.

4.1M
SEALLAIDHEAN
SUBBAINN IPLAYER
IPLAYER CONTENT
VIEWS



BBC ALBA

DACHAIGH SPÒRS NAM
BAN ANN AN ALBA

HOME OF WOMENS'
SPORT IN SCOTLAND

Woven Thread), airson Clann (Sorbier Productions), ann an Spòrs (Purple TV) agus airson Sàr-mhathas Proifeasanta: Camara (Daibhidh Màrtainn), agus duais Silver Dragon aig Co-labhairt Eadar-nàiseanta Saidheans agus Foghlaim ann an Sìona (CICSEP) airson co-riochdachadh macTV, An Là. Tha riochdairean BBC ALBA agus na sgiobaidhean aca air fad airidh air aithne shònraichte airson càileachd agus buaidh na susbaint aca, agus tha sinn air leth taingeil dhaibh airson an cuid proifeiseantachd agus an cuid spiorad com-pàrteachais leinn.

Tha sinn a' leantainn oirnn ag obair le Riaghaltas na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, Leasachadh Sgìlean Alba, Comhairle nan Eilean Siar agus feadhainn eile agus ath-bheothachadh na Gàidhlig a luathachadh fon phròiseact Adhartas nas Luaithe, iomairt le taic bhon Leas Phrìomh Mhinistear. Tha sinn cuideachd ag obair gu dlùth le ar com-pàirtichean LearnGaelic, a tha cuideachd a' gabhail a-steach am BBC, roinnean oilthighean Ghlaschu, Dhùn Èideann agus Obar Dheathain agus Sabhal Mòr Ostaig, gus buaidh agus ruigsinneachd innealan ionnsachaidh cànan didseatach a leudachadh agus, gu dearbh, tha sinn a' leantainn oirnn le bhith a' toirt prìomhachas don chom-pàrteachas againn leis a' BhBC agus sinn a' feuchainn ri seirbheisean craolaidh is meadhanan Gàidhlig a neartachadh agus a dhion airson an ama ri teachd.

Tha sinn a' toirt taing do na com-pàirtichean sin uile, agus feadhainn eile leithid Sgrion Alba agus Co-chòrdadh Riochdairean Cinema agus Telebhisean agus do gach neach a bha ag obair far-sgrion no air-sgrion gu maith ar luchd-amhairc, airson an obair chruaidh, an dìcheall, an tàlant agus am proifeiseantachd. Tha luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh nam meadhanan Gàidhlig aig cridhe na cùise: is e urram a tha ann dhuinne a bhith gur frithealadh air fad.

Mu dheireadh, bu mhath leam taing a thoirt do luchd-obrach agus Bòrd MG ALBA airson an dìlseachd agus an dealas gun stad. Tha iad àrd-mhiannach, air am brosnachadh gu làidir agus air leth dìcheallach, a h-uile feart a dh'fheumar gus cùrsa soirbheachail san àm ri teachd a stiùireadh airson seirbheisean meadhanan Gàidhlig.

roimhe. Ach a dh'aindeoin sin, bha e na bhriseadh-dùil nach tug tabhartasan iomlan a' BhBC agus MG ALBA cead ach airson 1.8 uair a thìde de nuadh-shusbaint làitheil a chuir air BBC ALBA, an coimeas ri 1.9 uairean de nuadh-shusbaint gach là sa bhliadhna roimhe sin.

COILEANAIDHEAN

Bha sinn air leth toilichte gun do choilean MG ALBA cha mhòr a h-uile prìomh chomharra dèanadais (KPlan) againn airson na bliadhna. Ged a thuit ruigse cuibheasach seachdaineil na seanail loidhneach fo na h-ìrean slat-tomhais eachdraidheil againn, dh'fhàs cleachdadh an iPlayer 5% agus thàinig meudachadh de 79% ann am fàs coimhead susbaint dhidseatach ann an cruth goirid. Bha sinn cuideachd air leth toilichte gun do dh'fhàs bunait luchd-cleachdaidh LearnGaelic 43%.

Chaidh MG ALBA ainmeachadh le *Broadcast* mar fhear de na h-àiteachan-obrach as fheàrr ann an 2020 agus chumar inbhe Òir ann an Creideas nar Cosnaichean Òga agus inbhe Airgid ann an Creideas nar Cosnaichean. Bidh sinn a' sireadh togail air an seo am-bliadhna ann an grunnan dhòighean, nam measg le bhith ag ùrachadh ar Luachan.

B' e sònrachas eile a bh' ann nuair a chraol BBC ALBA an sgioba Albannach ann an Cupa Cruinne nam Ban ann an 2019, a chomharraich àrd-phuing aig toiseach an t-samhraidh agus a dhaingnich àite BBC ALBA mar "dachaigh spòrs nam ban ann an Alba".

Am measg nan duaisean agus an aithne a fhuair susbaint Ghàidhlig rè na bliadhna bha ceithir duaisean bho RTS Alba ann an Comadaidh (The



ACHIEVEMENTS

We were very pleased that MG ALBA met almost all of our key performance indicators (KPIs) for the year. Although the average weekly reach of the linear channel fell beneath our historic benchmark levels, iPlayer viewing grew by 5% and short-form digital content viewing grew by 79%. We were also delighted that the user base of LearnGaelic grew by 43%.

MG ALBA was named by Broadcast as one of the "Best Places to Work in TV 2020" and maintained Investors in Young People Gold and Investors in People Silver standards. We will be seeking to build on this in the current year in various ways, including by refreshing our Values.

Another high point was BBC ALBA's coverage of Scotland's participation in the Womens' World Cup in 2019, which marked a high point during the early summer and consolidated the position of BBC ALBA as the "home of womens' sport in Scotland".

Four awards from RTS Scotland in Comedy (The Woven Thread), in Children's (Sorbier Productions), in Sports (Purple TV) and Professional Excellence: Camera (Daibhidh Martin), and a Silver Dragon prize at the China International Conference of Science and Education Producers (CICSEP) for macTV's co-production An Là, were among the awards and recognition gained by Gaelic content during the year. All BBC ALBA's producers and their teams deserve great credit for the quality and impact of their content, and we are very grateful to them for their professionalism and their deep spirit of partnership with us.

We continue to work with the Scottish Government, Bòrd na Gàidhlig, HIE, Skills Development Scotland, Comhairle nan Eilean Siar and others to accelerate the revitalisation of Gaelic under the Faster Rate of Progress project, an initiative sponsored by the Deputy First Minister. We are also working closely with our LearnGaelic partners, who also include the BBC, the Celtic departments of Glasgow, Edinburgh and Aberdeen universities, and Sabhal Mòr Ostaig, to extend the impact and reach of digital language learning tools and, of course, we continue to prioritise our partnership with the BBC as we look to strengthen and protect Gaelic broadcasting and media services for the future.

We thank all those partners, and others such as Screen Scotland and the Producers Alliance for Cinema and Television, and each and every person who worked off-screen or on-screen for the benefit of our audiences, for their hard work, dedication, talent and professionalism. Viewers and users of Gaelic media are at the heart of what we are about: it is a privilege for us to be able to serve each and every one of you.

Finally, I would like to thank the staff and Board of MG ALBA for their unstinting loyalty and dedication. They are highly ambitious, strongly motivated and extremely hard working, all characteristics that are going to be required to navigate a successful future course for Gaelic media services.

Lèirmheas Ghnìomhan & Ghnothaichean

'S e dleastanas MG ALBA dèanamh cinnteach gu bheil raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig rim faotainn airson dhaoine ann an Alba.

Tha MG ALBA a' coileanadh a dhleastanas gu ìre mhòr tro BhBC ALBA, an t-seirbheis telebhisein agus ioma-mheadhain Gàidhlig a tha e a' ruith ann an co-bhanntachd leis a' BhBC. Tha aonta laghail eadar MG ALBA agus am BBC, a tha a' cur an cèill mar a thèid BBC ALBA a ruith leis an dà bhuidhinn agus na goireasan a chuireas gach buidheann ris a' phròiseact. Tha a' chobhanntachd seo air a stiùireadh le Bòrd na Co-bhanntachd, le Àrd-Oifigear MG ALBA sa chathair.

AM BÒRD & COMATAIDHEAN

Ann an 2019-20, choinnich Bòrd MG ALBA ceithir tursan le Ailean Dòmhnallach sa chathair.

Am measg nam prìomh raointean ris an do dhèilig am Bòrd bha lèirmheas air poileasaidhean; a' beachdachadh air aithisgean cathraichean nan Comataidhean; a' beachdachadh air an aithisg sgrùdaidh in-thaigh air Èifeachdas a' Bhùird; cunntalachd ri, agus co-obrachadh le, prìomh luchd-ùidhe, a' gabhail a-steach Ofcom, Riaghaltas na h-Alba agus Riaghaltas na RA; a' dèanamh lèirmheas air prìomh ghnèithean nam measg spòrs agus dràma; a' sgrùdadh aithisgean ràitheil nam measg manaidsèadh riosg, Prìomh Chomharran Dèanadais (KPlan), Gnothaichean Daonna (HR), dèanadas seanail agus aithisgean bliadhna air Slàinte & Sàbhailteachd agus Àrainneachd; a' beachdachadh agus ag

aontachadh an Aithisg Bhliadhna agus am Plana Obrachaidh airson na bliadhna ri teachd.

Tron bhliadhna, choinnich a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh ceithir tursan, le Daibhidh Brew sa chathair (agus le Donaidh MacAmhlaidh sa Chathair aig a' cheann thall). Bheachdaich a' Chomataidh air an dreach sgrùdadh in-thaigh air Èifeachdas a' Bhùird a thug barantas aig ìre shusbainteach, mus deach an aithisg dheireannach a chuir fa chomhair a' Bhùird.

Rinn a' Chomataidh cuideachd lèirmheas agus ùrachadh air a' Phoileasaidh Urram san Àite-obrach, Poileasaidh Ag Obair gu h-Aonarachd, Poileasaidh Ro-uallach, Poileasaidh Sponsaireachd agus Poileasaidh nam Meadhanan Sòisealta. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air Plana Leantainneach Gnothach agus bheachdaich iad air toraidhean air deuchainn leantainneach gnothach a chaidh a chumail tron bhliadhna. Rinn a' Chomataidh lèirmheas air cùmhnantan sholar sheirbheisean MG ALBA agus lèirmheas air structar an luchd-obrach agus dh'aontaich iad ri gnothaichean pàighidh a rèir poileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba. Bheachdaich a' Chomataidh cuideachd air aithisgean gèillidh co-cheangailte ri Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd agus Poileasaidh Àrainneachd.

Choinnich a' Chomataidh Inbhean ceithir tursan, le Jo NicDhòmhnaill sa Chathair (le Iain Stephen Moireasdan sa Chathair aig a' cheann thall) gus lèirmheas a dhèanamh air gnèithean phrògraman BBC ALBA, susbaint cànan ann am prògraman agus tabhartas MG ALBA ri rèidio.

Activities & Business Review

The remit of MG ALBA is to ensure that persons living in Scotland are provided with a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic.

MG ALBA fulfils its remit principally through BBC ALBA, the Gaelic television and multi-media service which it operates in partnership with the BBC. MG ALBA and the BBC have entered into a collaboration agreement that sets out the terms on which the two organisations run BBC ALBA, and the resources that they provide to the project. The partnership is overseen by a Joint Management Board, chaired by the Chief Executive of MG ALBA.

BOARD & COMMITTEES

In 2019-20, the MG ALBA Board met on four occasions under the chairmanship of Allan MacDonald.


The main areas addressed by the Board included a review of policies; considering the reports of Committee chairs; considering the internal audit report on Board Effectiveness; accountability to, and engagement with, key stakeholders, including Ofcom, the Scottish Government and the UK Government; reviewing key genre including sport and drama; examining quarterly reports including risk management, KPIs, HR, channel performance and the annual Health & Safety and Environmental reports; considering and approving the Annual Report and the Operational Plan for the forthcoming year.

The Audit & Assurance Committee met on four occasions, under the chairmanship of David Brew (and latterly Donnie MacAulay). The Committee considered the draft report on the internal audit of Board Effectiveness, which gave substantial assurance of board effectiveness, before the final report was submitted to the Board.

The Committee also reviewed and updated the Dignity at Work Policy, the Lone Working Policy, the Stress Policy, Sponsorship Policy and the Social Media Policy. It reviewed the Business Continuity Plan and considered the results of the business continuity trial run in the year; it reviewed MG ALBA's service provision contracts and reviewed the staffing structure and approved remuneration arrangements in line with Scottish Government pay policy. The Committee also considered the compliance reports on the Health & Safety Policy and Environmental Policy.

The Standards Committee met on four occasions, under the chairmanship of Jo MacDonald (and latterly Iain Stephen Morrison), in order to review BBC ALBA programme genres, language content in programmes and MG ALBA's contribution to radio. The Committee particularly considered the sports strategy and the performance of the music programming with presentations from production company representatives. The Committee also considered Gaelic skills within the production sector; a review of media coverage of programmes in the year; a research report on Gaelic news; iplayer performance and MG ALBA's multi-platform strategy.

The Nominations Committee met once in the year, in May 2019, under the chairmanship of Allan MacDonald. The Committee considered the Board's skills matrix and agreed to engage with Ofcom to ensure that the appropriate skills and knowledge base are sought to enhance the Board's skills through new membership.



Bheachdaich a' Chomataidh gu sònraichte air an ro-innleachd spòrs agus dèanadas prògraman ciùil le taisbeanaidhean bho chompanaidhean riochdachaidh. Bheachdaich a' Chomataidh cuideachd air sgilean Gàidhlig taobh a-staigh na roinne riochdachaidh; lèirmheas air mar a bha na meadhanan a' togail sgeulachdan air prògraman Gàidhlig thar na bliadhna, pròiseact rannsachaidh air na naidheachdan Gàidhlig; dèanadas an iPlayer agus ro-innleachd ioma-ùrlair MG ALBA.

Choinnich a' Chomataidh Ainmeachaidh aon turas, sa Chèitean 2019, le Ailean Dòmhnallach sa Chathair. Bheachdaich a' Chomataidh air meatrags sgilean a' Bhùird agus dh'aontaich iad a dhol an sàs ann an còmhradh le Ofcom gus dèanamh cinnteach gun tèid cur ri sgilean agus eòlas a' Bhùird tro bhallrachd ùr.

MAOINEACHADH

Tron bhliadhna, cheadaich maoinachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba seilbheachd a bharrachd ann am prògraman agus trèanadh airson com-pàirtichean FilmG.

Tha na pasgain fhad-ùine san deachar an sàs ann an 2017-18 a' leantainn le bhith nan cnàimh-droma do chlàr BhBC ALBA, a' solarachadh 93% de nuadh-phrògraman maoinichte le MG ALBA a chaidh a chraoladh tron bliadhna.

DÈANADAS IONMHASAIL & OBRACHAIDH

Ann an 2019-20 chosg MG ALBA £8.9m gu dìreach le 19 diofar chompanaidhean riochdachaidh ann a bhith a' cruthachadh 389 uairean a thìde de phrògraman. Den sin, chaidh £8.7m chun na roinne riochdachaidh neo-eisimeilich, mòran dheth an cois pasgan de nithean a bhrosnaicheadh leasachadh tàlant, sgilean agus a' Ghàidhlig.

Chunnacas sa bhliadhna teachd-a-steach airson MG ALBA de £13.1m (2019: £13.6m), le £12.9m (2019: £13.4m) a' tighinn bho thabhartas-gus-cuideachadh Riaghaltas na h-Alba agus £173.0k (2019: £251.8k) bho mhaoin phròiseict agus theachd a-steach airson seirbheisean agus goireasan.

San Aithris air Teachd-a-steach lomlan aig deireadh na bliadhna bha còrr an dèidh chisean ann de £41.1k an



18

coimeas ri easbaidh de £19.4k ann an 2019. Tha seo a' comharrachadh gluasadan ann an so-mhaoin shuidhichte agus riochdachaidhean a tha fhathast rin craoladh agus mar sin a tha mar thoradh air cìs ìsleachaidh, caiteachas calpa agus gluasadan sa chalpa obrachaidh.

Tha an Aithris air an t-Suidheachadh Ionmhasail aig deireadh na bliadhna a' sealltainn gun robh stoc phrògraman no prògraman a bhathar ag ullachadh de luach £3.27m (2019: £3.75m) agus cùl stòr de £189.7k (2019: £75.3k), le chèile a rèir poileasaidh. Tha gealltanasan de £7.3m airson trì bliadhna cuideachd ri fhaicinn am-bliadhna. Tha iad seo a' riochdachadh sa mhòr-chuid cunnraidhean solar phrògraman ioma-bhliadhna a chaidh aontachadh gu 2023.

GNÌOMHAN EILE

Chaidh susbaint ùr riochdaichte airson BBC ALBA air fad a riochdachadh ann an HD. Tha MG ALBA a' leantainn le bhith a' libhrigeadh prògraman a rèir stiùireadh A' Chom-pàirteachas Riochdachaidh Dhidseataich (DPP). Tha susbaint teip SD air ath-libhrigeadh mar faidhlichean DPP. A thuilleadh air a bhith a' leantainn an stiùiridh, tha MG ALBA an sàs ann an co-chomhairlean DPP agus tha am buidheann na bhall den bhuidheann DPP air Obrachadh Teicnigeach a tha a' sgrùdadh, ag atharrachadh agus a' dealbhadh stiùireadh ùr airson cruthachadh agus libhrigeadh susbaint.

Sa bhliadhna, libhrig sgiobaidhean obrachaidh agus prògramaidh na seanail 56 uair a thìde de cheangalan agus mu 415 uair a thìde de stuth mheadhanan a bha air a dhearbhadh tro sgrùdadh teicnigeach gu robh e deiseil airson a chur a-mach air an t-seanail, a thuilleadh air taic a thoirt do riochdachaidhean agus tachartasan eile leithid FilmG. Chaidh an susbaint air fad a riochdachadh agus a libhrigeadh mar shusbaint HD.

Leis a' ghnìomhachas craolaidh a' gluasad gu ruige susbaint lèir-choltachaidh le stòras sgòth-dhidseataich agus riochdachaidh, tha MG ALBA a' cumail suas ri na h-atharrachaidhean seo, a' toirt a-steach siostaman IP stèidhichte air lionra, a ruitheas taobh ri taobh ri siostaman traidiseanta. Tha sruthan-obrach fèin-obrachail airson atharrachadh agus libhrigeadh stuthan bhidio gu seanailean ùra air an cuir an sàs ann an libhrigeadh ioma-ùrlair.

+54%

DOL AN SÀS SNA MEADHANAN SÒISEALTA
SOCIAL MEDIA ENGAGEMENT

FUNDING

During the year additional funding was received from the Scottish Government which enabled increased investment in programme content and training for FilmG participants.

The long-term volume deals entered into in 2017-18 continue to provide the backbone of the BBC ALBA schedule, supplying 93% of MG ALBA funded original hours broadcast in the year.

FINANCIAL & OPERATIONAL PERFORMANCE

In 2019-20 MG ALBA spent £8.9m directly with 19 different production companies on the creation of 389 hours of programmes. Of that, £8.7m was spent with the independent production sector, much of it in tandem with a package of measures intended to foster the development of talent, skills and Gaelic language.

The year saw income for MG ALBA of £13.1m (2019: £13.6m), of which £12.9m (2019: £13.4m) came from Scottish Government grant-in-aid and £173.0k (2019: £251.8k) came from project funding and charges for services and facilities.

The end-of-year Statement of Comprehensive Income reported a surplus after taxation of £41.1k compared with a deficit of £19.4k in 2019. This reflects movements in fixed assets and productions to be transmitted and is therefore the net result of the depreciation charge, capital expenditure and movements in working capital.

The end-of-year Statement of Financial Position shows programmes in stock or in production of £3.27m (2019: £3.75m) and year end cash reserves of £189.7k (2019: £75.3k), both in line with policy. Future commitments of £7.3m over three years are also disclosed this year. These represent mainly multi-annual programme supply contracts agreed up until 2023.



16

OTHER ACTIVITIES

All new content produced for BBC ALBA was produced in HD. MG ALBA continues to follow the Digital Production Partnership (DPP) guidelines for programme delivery and content exchange formats. SD tape content is being redelivered as DPP specification files. As well as following the guidelines MG ALBA participates in the DPP consultations and is a member of the DPP Technical Operations Group which reviews, amends and produces new guidelines for content creation and delivery.

In the year, MG ALBA's channel operations and presentation teams delivered 56 hours of junctions and around 415 hours of broadcast-compliant media to BBC ALBA playout, as well as supporting productions and events such as FilmG. All material was produced and delivered as HD content.

As the broadcast industry moves towards virtualised content with cloud-based storage and production, MG ALBA keeps track with the pace of change, introducing IP network-based systems to compliment traditional systems. Automated workflows for versioning and transcoding are deployed for multi-platform delivery.

▲ 103

FILMICHEAN AIR AN CUR A-STEACH GU FILMG

FILMG FILM ENTRIES

19

Prìomh Chomharran Dèanadais

Prìomh Chomharra Dèanadais	Slat-tomhais	Targaid	19/20	+
Ruigse	Ruigse seachdaineil an luchd-amhairc Gàidhlig	60%	57%	
	Ruigse seachdaineil an luchd-amhairc nàiseanta Tùsan: TRP/TNS*	10%	9.7%	▼
Ruigse	Seallaidhean susbaint goirid	3.8m	5.4m	▲
	Seallaidhean susbaint iPlayer	4.0m	4.1m	▲
Càileachd	Luachadh an luchd-amhairc Gàidhlig (/10)	8.0	8.5	▲
	Luachadh an luchd-amhairc nàiseanta (/10) Tùsan: TRP/TNS	7.0	7.7	▲
Càileachd	Duaisean airson susbaint BBC ALBA	2	6	▲
Luach	Co-mhaoineachadh treas-phàrtaidh airson prògraman	£1m	£3.1m	▲
Com-pàirteachas	FilmG: Filmichean air an cur a-steach	90	103	▲
Dol an sàs	Dol an sàs sna meadhanan sòisealta	+25%	+54%	▲
Buaidh	Mothachadh nàiseanta mu BBC ALBA Tùs: TNS	80%	85%	▲
Còrdadh	Aonta an luchd-amhairc le ro-innleachd (/10) Tùs: TRP	8.3	8.34	▲
Ionnsachadh	Luchd-cleachdaidh LearnGaelic fa leth gach mìos	+25%	+43%	▲

* TRP Research às leth MG ALBA
Kantar TNS Scottish Opinion Survey

Key Performance Indicators

KPI	Metric	Target	19/20	+
Reach	Gaelic weekly TV reach	60%	57%	
	National weekly TV reach Sources: TRP/TNS*	10%	9.7%	▼
Reach	Short-form content views	3.8m	5.4m	▲
	iPlayer content views	4.0m	4.1m	▲
Quality	Gaelic audience appreciation (/10)	8.0	8.5	▲
	National audience appreciation (/10) Sources: TRP/TNS	7.0	7.7	▲
Quality	Awards for BBC ALBA content	2	6	▲
Value	3 rd party programme co-finance	£1m	£3.1m	▲
Participation	FilmG film entries	90	103	▲
Engagement	Social media engagement	+25%	+54%	▲
Impact	National awareness of BBC ALBA Source: TNS	80%	85%	▲
Approval	Audience agreement with strategy (/10) Source: TRP	8.3	8.34	▲
Learning	LearnGaelic unique users per month	+25%	+43%	▲

* TRP Research on behalf of MG ALBA
Kantar TNS Scottish Opinion Survey


Tha a' cho-fharpais taobh a-staigh na h-àrainneachd sa bheil daoine a' coimhead susbaint fhathast farpaiseach agus tha suidheachadh fo-mhaoichte BBC ALBA a' leantainn ann a bhith a' cruthachadh ìrean ath-chraolaidh mì-fhàbharach àrd air an t-seanail loidhneach. A dh'aindeoin sin, libhrig am fòcas soilleir ann an 2019-2020 air meudachadh comas na seanail loidhneach gus prògraman is tachartasan beò a libhrigeadh, le susbaint àrd-bhuaidh eile agus innleachdan leantainneach mu chleachdadh nam meadhanan sòisealta, dèanadas luchd-amhairc an ìre mhath làidir. Bha seo air a shealltainn le àireamhan còrdaidh àrda de luchd-amhairc, àireamh de dhuaisean nach fhacas a-riamh roimhe agus barrachd aithne eadar-nàiseanta.

Tha àireamhan luachaidh luchd-amhairc Gàidhlig BBC ALBA nas àirde bliadhna air bliadhna (8.5/10 an coimeas ri 8.4/10 sa bhliadhna roimhe), mar a tha àireamhan luachaidh nàiseanta luchd-amhairc (7.6/10 an coimeas ri 7.4/10). Coltach ris a h-uile seanail loidhneach san RA, bha crìonadh ann an coimhead loidhneach: thuit ruigse beagan airson luchd-amhairc na Gàidhlig aig 57.4% an coimeas ri 59.3% sa bhliadhna ionmhais roimhe sin. Bha ruigse nàiseanta aig 9.7% an coimeas ri 10.3% anns a' bhliadhna ionmhais roimhe.

leantainn air adhart leis an àite chudromach aca ann a bhith a' stiùireadh fàs neo-loidhneach, a' tàladh luchd-cleachdaidh nas òige le bhith a' toirt thuca susbaint ghoirid air ùrlaran a tha tarraingeach don roinn sin den luchd-amhairc as dualtaiche a bhith a' cleachdadh susbaint neo-loidhneach.

Bha fòcas na seanail loidhneach air prògraman beò a mheudachadh, le tachartasan ciùil beò agus bliadhna gun samhail de spòrs

A thuilleadh air an t-seanail loidhneach, bha dèanadas làidir air an iPlayer agus air na meadhanan sòisealta. Bha seallaidhean iPlayer aig 4.1m. Bha fàs sna meadhanan sòisealta air leth làidir le seallaidhean agus dol an sàs suas 78% agus 54% fa leth. Tha Aonad Dhìseatach MG ALBA a'



The competition within the content consumption environment continues to be intense and BBC ALBA's relatively under-funded position continues to create an unfavourably high repeat rate on the linear channel. Nevertheless, the clear focus in 2019-20 on increasing the capacity of the linear channel to deliver live programming and events, with other high impact content and continued innovations on social media use, delivered relatively strong audience performance. This was reflected in strong audience appreciation figures, an unprecedented number of awards and increased international recognition.

BBC ALBA's Gaelic audience appreciation figures are higher year on year (8.5/10 compared to 8.4/10 in the previous year), as are national audience appreciation figures (7.6/10 compared to 7.4/10). Like all UK linear channels, there was a decline in linear viewing: reach fell slightly for the Gaelic audience at 57.4% compared to 59.3% in the previous financial year. National reach stood at 9.7% compared to 10.3% in the previous financial year.

In addition to the linear channel, performance was strong on the iPlayer and on social media. iPlayer views were 4.1m. Social media growth was very strong with views and engagement up 78% and 54% respectively. The MG ALBA Digital Hub continues its important role in driving non-linear growth, attracting younger consumers of content by providing short-form content on platforms appealing to the section of the audience most likely to consume non-linear content.

The focus for the linear channel was on increasing live programming, with live music events and an unprecedented year of women's sport at the heart of that initiative.

This included coverage of the Scottish Women's National team's preparations for, and first round of, the **FIFA Women's World Cup** (all produced by Nemeton TV, with the channel's **FIFA WWC** coverage enabled by BBC Network Sport). A record 860k reach was achieved through social media clips from the team's final friendly match before they left for France.

The ongoing commitment to women's sport was also reflected with other content, including a documentary from the award-winning Purple TV on **Rose Reilly**, the only Scot to have ever won the World Cup. Live coverage of women's domestic rugby's **Sarah Beany Cup** was broadcast for the first time, complementing the **Women's Six Nations** coverage from earlier in 2019. The **UEFA Women's Euro Championship** qualifiers, the **UEFA Women's Champion's League** and the **Scottish Women's Premier League** and women's shinty were all also covered as well as the channel's coverage of the Premiership.



nam ban aig cridhe na h-iomairt sin. Bha seo a' toirt a-steach craoladh mu ullachadh sgioba Nàiseanta Boireannaich na h-Alba airson, agus a' chiad chuairt de, **Cupa Cruinne FIFA** (uile riochdaichte le Nemeton TV, leis a' chraoladh air a dhèanamh comasach le BBC Network Sport). Chaidh an ìre as àirde de 860k a choileanadh tro chriomag de na meadhanan sòisealta bhon gheama chàirdeil mu dheireadh aig an sgioba mus deach iad dhan Fhraing.

Bha an dealas leantainneach airson spòrs nam ban cuideachd air a dhèanamh soilleir le susbaint eile, nam measg prògram aithriseach bho Purple TV, a tha air iomadh duais a chosnadh, air **Rose Reilly**, an aona Albannach a choisinn Cupa na Cruinne a-riamh. Chaidh **Cupa Sarah Beany** ann an rugbaidh nam ban Albannach a chraoladh airson a' chiad uair, a' cur ri craoladh **Sia Dùthchannan nam Ban** bho na bu tràithe ann an 2019. Chaidh geamannan ro-fharpaiseach **Farpais Euro UEFA nam Ban, Liog Farpais UEFA nam Ban** agus **Priomh Liog Albannach nam Ban** agus iomain nam boireannach uile cuideachd a chraoladh a thuilleadh air a' Phrìomh Liog. Chuir **Croladh Masters Pheairt**, le fir is boireannaich a' gabhail pàirt, gu mòr ri clàr na Bliadhn' Ùire.

A thuilleadh air **Belladrum, Na Trads** (an dà chuid Bees Nees Media) agus **Cèilidh na Bliadhn' Ùire** (BBC MPP – Riochdachadh loma-ùrlar), bha tachartasan ciùil beò na seanail loidhneach a' toirt a-steach **Còisir Eurovision 2019/Eurovision Choir** (Bees Nees Media) agus, tro cho-obrachadh le BBC Scotland, **TRNSMT** agus **Neach-ciùil Traidiseanta Òg na Bliadhna** aig BBC Radio Scotland (BBC MPP) (leis a' phrògram mu dheireadh co-chraolte beò le BBC Radio Scotland). Chruthaich craoladh **Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019** (BBC MPP) an luchd-amhairc a b' àirde den bhliadhna. Chaidh duaisean ciùil **Gradam Ceoil** TG4 a chraoladh beò bho Thalla Waterfront, ann am Beul Feirste.

Chaidh **Nochd** (Bees Nees Media), a chraoladh bhon Mhòd Nàiseanta Rìoghail, agus an uair sin beò bho Celtic Connections. Chaidh sreath ùr de **Seirm** (Bees Nees Media) a chlàradh anns na h-Arches ann an Glaschu, le Màiri Anna NicUalraig agus taghadh de luchd-ciùil na fèise.

Bha co-mhaoineachadh agus co-riochdachadh fhathast na phàirt chudromach de mhodail gnìomhachais na seanail, le luach de £8m air a chruthachadh thar nan ceithir bliadhna a dh'fhalbh. B' e solaraiche BBC ALBA Sorbier Productions aon de na ciad chompanaidhean san RA a chuir a-steach gu soirbheachail airson maoineachadh Maoin Susbaint Dhaoine Òga airson dà phrògram chloinne (**Rùn** agus **Balach aig a' Mhullach**). Bha **An Làn** (Cwmni Da/macTV) na sreath cho-riochdachaidh eadar-nàiseanta trì-phàirteach, far am faca sinn na làin-mara as àirde san t-saoghal, na tuinn-thaomaidh as motha agus na linneachan as cumhachdaiche. Choisinn an riochdachadh seo duais **Silver Dragon** aig an **China International Congress of Science and Education Producers** ann am Beijing. Fhuair **Moulin Rouge** (Solus Productions) maoineachadh Sgrion Alba airson dreach eadar-nàiseanta, b' e co-riochdachadh eadar-nàiseanta a bh' anns an t-sreath cloinne WW2, **Gaisgich Òga an Dàrna Cogaidh/Kids of Courage** (LOOKSfilm/SWR/Toto Studio agus Solus Productions) agus bha am prògram aithriseach air **Màthair a' Chinn-suidhe: Trump's Mother** (Mast-Àrd Studio) na cho-choimiseanadh le TG4 a fhuair cuideachd buannachd bho sheilbheach sgaioleadair. Bha **Raw Ambition/Thar na Loidhne** (macTV/Crawford McCann) na cho-choimisean le TG4 a chaidh a dhèanamh comasach le airgead bhon Mhaoin Eadar-nàiseanta Ceilteach, aig an robh seilbheach cuideachd bho Mhaoin Craolaidh Cànan na h-Èireann. Bha **Sgoil nan Sagart/Priest School** (Solus Productions) na cho-choimisean aig BBC Scotland le cothrom gun samhail air Colaistean nan Albannach agus Beda, Cathair na Bhatacain, Bàislig Naoimh Peadar, agus an Lùchairt Abstolach.

Perth Masters Curling, with both men and women participating, was a very welcome addition to the Hogmanay schedule.

As well as **Belladrum, Na Trads** (both Bees Nees Media) and **Cèilidh na Bliadhn' Ùire** (BBC MPP – Multi-Platform Production), the linear channel's live music events included **Còisir Eurovision 2019/Eurovision Choir** (Bees Nees Media) and, through collaboration with BBC Scotland, **TRNSMT** and **BBC Radio Scotland Young Traditional Musician of The Year** (BBC MPP) (the latter a live simulcast with BBC Radio Scotland). 2019 **Royal National Mod** coverage (BBC MPP) created the channel's highest audiences of the year. TG4's **Gradam Ceoil** music awards was simulcast live from the Waterfront Hall, in Belfast. **Nochd** (Bees Nees Media), was broadcast from the Royal National Mod, and then live from Celtic Connections. A new series of **Seirm** (Bees Nees Media) was recorded in the The Arches in Glasgow, with Mary Ann Kennedy and the pick of the festival musicians.

Co-funding and co-production continued to be an important part of the channel's business model, with a contribution of £8m in value generated over the last four years. BBC ALBA supplier Sorbier Productions was one of the first companies in the UK to successfully apply for Young Audiences Content Fund funding for two children's productions (**Rùn and Balach aig a' Mhullach**). **An Làn** (Cwmni Da/macTV) was a stunning three-part international co-production series, featuring the world's highest tides, largest tidal bores and most powerful whirlpools. This production received the Silver Dragon award in China International Congress of Science and Education Producers in Beijing. **Moulin Rouge** (Solus Productions) received Screen Scotland funding for an international version, the children's WW2 series, **Gaisgich Òga an Dàrna Cogaidh/Kids of Courage** (LOOKSfilm/SWR/Toto Studio and Solus Productions) was an international co-production, and the documentary on **Màthair a' Chinn-suidhe: Trump's Mother** (Mast-Àrd Studio) was a TG4 co-commission which also benefitted from distributor investment. **Raw Ambition/Thar na Loidhne** (macTV/Crawford McCann) was a Celtic International Fund generated co-commission with TG4, which also had Irish Language Broadcast Fund investment. **Sgoil nan Sagart/Priest School** (Solus Productions) was a BBC Scotland co-commission with unprecedented access

to the Scots and Beda Colleges, the Vatican City, St Peter's Basilica and the Apostolic Palace.

International recognition was also generated through screenings of an international version of the documentary series **San Fhuil** (produced in 2018-19 by TrixPix), which was screened at the American Museum of Natural History, Margaret Meade Festival in October 2019 in New York and the International Documentary Festival in Amsterdam in November 2019. Another 2018-19 production to receive awards and critical acclaim in 2019-20 was Am Bocsa's **Tha Thu Air Aigeann M' Inntinn**. It won Best Animation at the New Renaissance Film Festival Amsterdam, was selected for competition in the London International Animation festival, and for the Cannes Short Film Festival. **Cumhachd a' Yoik/The Power of Yoik** (TrixPix 2018-19) was awarded the documentary film prize at Nordische Filmtage in Germany. Young Films' **Bannan** secured its first international sale in France.

The ongoing strategic commitment to international co-production and collaboration was underlined by MG ALBA's first memorandum of understanding with broadcasters – including South Korean broadcaster JTV – and producers from four different countries in November 2019.

The channel's programmes also received a record four RTS Scotland awards in 2019: **FUNC** (The Woven Thread) for Best Comedy Programme, **Buidheagan** (Sorbier Productions) for Best Children's, **Tommy Burns** (Purple TV) won Best Sport Programme and the award for Professional Excellence for Camera went to Daibhidh Martin from macTV for his work on **Sùlaisgeir: An t-Sealg**.

CBeebies ALBA and **CBBC ALBA** (BBC MPP) celebrated their first birthday on 17 September 2019, with the team being a key element in channel talent development, as well as delivering witty, originated TV content to the channel.



26



27



28

Chaidh aithne eadar-nàiseanta a chruthachadh cuideachd tro sgrionaidhean de thionndadh eadar-nàiseanta den t-sreath aithriseach **San Fhuil** (riochdaichte ann an 2018-19 le TrixPix), a chaidh a shealltainn aig Taigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra Ameireagaidh, Fèis Margaret Meade san Dàmhair 2019 ann an New York agus Fèis Eadar-nàiseanta Aithriseachd ann an Amsterdam san t-Samhain 2019. Fhuair riochdachadh eile bho 2018-19 duaisean agus moladh breithneachail ann an 2019-20 – **Thu Air Aigeann M' Inntinn** (Am Bocs). Choisinn e am Beothachadh as Fheàrr aig Fèis Film New Renaissance Amsterdam, chaidh a thaghadh airson farpais ann am Fèis Dealbhan-beò Eadar-nàiseanta Lunnainn, agus airson Fèis Film Goirid Cannes. Fhuair **Cumhachd a' Yoik/The Power of Yoik** (TrixPix: 2018-19) an duais film aithriseach aig Nordische Filmtage sa Ghearmailt. Fhuair **Bannan** (Young Films) a' chiad reic eadar-nàiseanta aca san Fhraing.

Chaidh an dealas ro-innleachdail leantainneach airson co-riochdachadh agus co-obrachadh eadar-nàiseanta a dhaingneachadh leis a' chiad mheòrachan aontachaidh aig MG ALBA le craoladairean – nam measg craoladair à Corea a Deas, JTV – agus riochdairean bho cheithir dùthchannan eadar-dhealaichte, san t-Samhain 2019.

Fhuair prògraman na seanail cuideachd ceithir duaisean RTS Scotland ann an 2019: **FUNC** (The Woven Thread) airson am Prògram Comaidh as Fheàrr, **Buidheagan** (Sorbier Productions), Prògram Chloinne As Fheàrr, bhuannaich **Tommy Burns** (Purple TV) am Prògram Spòrs as Fheàrr agus chaidh an duais airson Sàr-mhathas Proifeasanta airson Camara gu Daibhidh Màrtainn bho macTV airson a chuid obrach air **Sùlaisgeir: An t-Sealg**.

Chomharraich **CBeebies ALBA** agus **CBBC ALBA** (BBC MPP) a' chiad cho-là-breith aca air 17 Sultain 2019, leis an sgioba mar phrìomh eileamaid ann an leasachadh tàlant na seanail, a thuilleadh air a bhith a' libhrigeadh susbaint èibhinn, ùr don t-seanail.

Chunnaic a' bhliadhna measgachadh farsaing de shusbaint, bho **Seòid a' Chidsin/The Kitchen Coves** (Moja) gu sgeulachd dithis fhir à Innse Gall **Macleod MP/Maclean KGB** (Caledonia TV). Chunnaic **Am Pòsadh Afraganach/The African Wedding** (macTV) Gemma Steele, an neach-daonnachd a tha air iomadh duais a chosnadh – air turas sònraichte chun an dàrna dachaigh aice ann an Ceinia agus a pòsadh a chomharrachadh leis 'an teaghlach eile' aice aig taigh dilleachdan St Jerome. Thug **Curaidh na Coille/Birdman of Pollok** (BBC MPP) moladh air beatha agus coileanas iongantach an neach-iomairt àrainneachd Cailean MacLeòid. Dh'innis **Sgeulachd Syd Agus Millie/Two Go to Tolsta** (Sorbier Productions) sgeulachd bràthair is piuthar òg a ruith air falbh ann an 1949 bho Hertfordshire gu Tolastadh. Ann an **Wild Atlantic Way** (Mast-Àrd Studio), lean Anne Lundon costa brèagha na h-Èireann. Ann an **Mach à Seo!**

(Caledonia TV) chunnacas Ramsay McMahon a' sgrùdadh slighean air feadh na h-Alba. Lean **Crodh Gàidhealach an Àird Bhàin/The Highland Cattle of Ardbhan** (TrixPix) an teaghlach leis a bheil crodh Gàidhealach Ardbhan, ann an Uibhist a Tuath, a tha air iomadh duais a chosnadh. Lean cuspair an àiteachais air adhart le **An Lot** (macTV) agus **Farpaisean Chon Chaorach/Sheepdog Trials** (Bees Nees Media). Anns a' Ghearran 2020 chaidh na prìomh phiosan bhon 12mh cuirm dhuaisean FilmG aig an Old Fruitmarket ann an Glaschu a chraoladh aon uair eile.

Thug Naidheachdan agus Cùisean Làitheil thugainn Brexit, farpais ceannardas a' Phàrtaidh Tòraidheach agus an taghadh coitcheann san Dùbhlachd 2019. Chaidh **An Là** a leudachadh air dà cheann-là gus susbaint OB a shealltainn bho phrìomh àiteachan taghaidh air a' Ghàidhealtachd is nan Eilean agus rinn prògram **An Taghadh 2019** mion-sgrùdadh agus ceasnachadh air na toraidhean. Thug **Eòrpa** (BBC MPP) sùil air àrdachadh nam pàrtaidhean poballach san Roinn Eòrpa; dìth dachaigh ann an Alba agus 30 bliadhna bho ar-a-mach eachdraidheil nan Romàinianach ann an 1989, a chaidh a chomharrachadh le prògram sònraichte anns an robh agallamhan cumhachdach bho phrìomh chom-pàirtichean san ar-a-mach.

Aig fìor-dheireadh na bliadhna ionmhais, chaidh briseadh a dhèanamh air obrachadh agus air clàr-phrògram ri linn Covid-19 agus na ceumannan a chaidh a chuir an sàs gus casg a chuir air sgaoileadh. Bha fòcas na seanail air a bhith a' dèanamh cinnteach gu robh fiosrachadh gu leòr aig daoine, gu robh taic ann do theaghlaichean tro shusbaint chloinne agus stuthan foghlaim agus àm cuideachd airson fealla-dhà. Mar sin bha prìomhachas aig Naidheachdan, Foghlam agus susbaint Chloinne, prògramadh Creideimh agus Dibhearsain ann an cruth prògramadh ciùil agus prògraman spòrs bhon tasglann. Chunnaic an suidheachadh dòighean innleachdail gan cuir an sàs, nam measg brannd ùr a chaidh a chruthachadh – **A-staigh** – brannd ioma-ùrlair ann an cruth goirid a' toirt a-steach cunntasan pearsanta mu bhuidh chuingealachaidhean. Chaidh **A-staigh** a chleachdadh gus a dhol an cois na naidheachdan air an t-seanail loidhneach agus chaidh a sgaoileadh air àrd-ùrlaran mheadhanan sòisealta BBC ALBA agus BBC Naidheachdan.



29

The year saw a rich variety of content, from **Seòid a' Chidsin/The Kitchen Coves** (Moja) to the story of two sons of the Hebrides, **Macleod MP/Maclean KGB** (Caledonia TV). **Am Pòsadh Afraganach/The African Wedding** (macTV) saw award-winning humanitarian Gemma Steele make a special trip to her second home in Kenya to celebrate her marriage with her 'other family' at St Jerome's orphanage. **Curaidh na Coille/Birdman of Pollok** (BBC MPP) paid tribute to the remarkable life and achievements of the environmental campaigner Colin MacLeod. Documentary **Sgeulachd Syd Agus Millie/Two Go to Tolsta** (Sorbier Productions) told the story of a young brother and sister who ran away in 1949 from Hertfordshire to Tolsta. In **Wild Atlantic Way** (Mast-Àrd Studio), Anne Lundon followed Ireland's beautiful coast. **Mach à Seo!** (Caledonia TV) saw Ramsay McMahon exploring getaways across Scotland. **Crodh Gàidhealach an Àird Bhàin/The Highland Cattle of Ardbhan** (TrixPix) followed the family behind the world award-winning fold of Ardbhan Highland cattle reared in North Uist. The agricultural theme continued with **An Lot** (macTV) and **Farpaisean Chon Chaorach/Sheepdog Trials** (Bees Nees Media). In February 2020 highlights from the 12th **FilmG** awards ceremony at The Old Fruitmarket in Glasgow were broadcast once more.

News and Current Affairs coverage included Brexit, the Conservative Party leadership contest and the December 2019 general election. **An Là** was extended on two dates to feature OB content from key Highlands and Islands election locations and the **An Taghadh 2019** programme analysed and interrogated the results. **Eòrpa's** (BBC MPP) coverage included the rise of populist parties in Europe; homelessness in Scotland and the 30th anniversary of the seismic 1989 Romanian revolution, which was marked with a special programme containing powerful interviews from key participants in the uprising.



30



31

Tàlant Talent

Scott Smyth

Riochdaire Leasachaidh, LearnGaelic
Development Producer, LearnGaelic

Thòisich e ann an sgioba LearnGaelic an-uiridh mar Neach-taic Leasachaidh agus tha e a-nis na Riochdaire Leasachaidh – dh'ionnsaich e a' Ghàidhlig na inbheach agus tha e a' dèanamh ceum ann an leasachadh Gàidhlig
Started in the LearnGaelic team last year as a Development Assistant and is now a Development Producer - learned Gaelic as an adult and is undertaking a degree in Gaelic development

"Tha mi a' coimhead air adhart ri bhith a' leantainn air adhart leis an obair agam le sgioba LearnGaelic, agus a' sìor leasachadh an làrach-lìn gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig eile, leis an amas gun dèan sin an dùbhlán a tha romhpa beagan nas fhasa."

"I'm looking forward to continuing my work with the LearnGaelic team, and continually improving the website to support other Gaelic learners, with the aim that we will make the challenge that lies ahead of them that wee bit easier."



32

Kate Macleod

Preantas Ùr-nòsach
Modern Apprentice

An-dràsta na Preantas Ùr-nòsach le macTV, ann an com-pàirteachas le MG ALBA. Cruthadair Susbaint airson BBC The Social agus ron seo na neach-trèanaidh deasachaidh fo thrèanadh air Bannan.

Currently a Modern Apprentice with macTV, in partnership with MG ALBA. Content Creator for BBC The Social and former trainee assistant editor on Bannan.

"Thug an obair seo cothrom dhomh saorsa agus measgachadh ann a bhith a' neartachadh mo sgilean agus a' ruighinn mo làn chomais le bhith ag obair le proifeiseantaich eòlach a thuilleadh air bathar-bog aig àrd-ìre gach là."

"This job has allowed me the freedom and variety to hone my skills and reach my full potential by working with experienced professionals as well as top-notch software on a daily basis."



33



34

Michelle Morrison

Riochdaire Didseatach (YouTube), Aonad Didseatach MG ALBA
Digital Producer (YouTube), MG ALBA Digital Hub

Thòisich i aig MG ALBA mar neach-taic faidhlichean agus tha i air a sgilean a leasachadh agus tha i a-nis na Riochdaire Didseatach anns an Aonad Didseatach bhrosnachail againn.

Started at MG ALBA as a filing assistant and has developed her skills and is now Digital Producer in our exciting Digital Hub.

"Bidh mi a' taghadh susbaint airson a luchdachadh suas, a' co-òrdanachadh deasachadh agus riochdachadh nan stuthan, a' sgrùdadh chòraichean chùmhnaidh agus a' postadh susbaint a rèir an stoidhle in-thaigh a chruthaich sinn. Tha mi a' smaoineachadh gun lean margaidheachd didseatach agus na meadhanan sòisealta orra a' fàs agus tha e cudromach dhòmhsa, agus dhuinn uile, tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air ar n-eòlas agus ar tuigse mu dheidhinn."

"I select content for upload, coordinate the editing and production of the materials, investigate contractual rights and post content in line with the 'house-style' we have created. I think digital marketing and social media will only keep growing and it's important for me, and all of us, to further develop our knowledge and understanding of it."

Sarah MacDonald

Ceumnaiche Inntearnach MG ALBA
MG ALBA Graduate Intern

Chaidh i gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu agus cheumnaich i ann an Lagh bho Oilthigh Dhùn Èideann. Seo a' chiad obair aice an dèidh ceumnachadh agus tha i na ceumnaiche inntearnach aig MG ALBA
Went to Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu and graduated in Law from Edinburgh University. First job post-graduation is as a graduate intern with MG ALBA

"Tha mi air sgilean ùra a leasachadh a' gabhail a-steach barrachd mothachaidh mu leasachaidhean taobh a-staigh gnìomhachas nam meadhanan, comasan cànan agus teicneòlais nas fheàrr, agus, san fharsaingeachd, tha mi air mòran ionnsachadh mu bhith ag obair taobh a-staigh sgioba agus ann an àrainneachd oifis."

"I have developed new skills including a greater awareness of developments within the media industry, improved language and technology abilities, and, more generally, I have learned a lot about working within a team and in an office environment."



35



36

Sandy Morrison

Preantas Tòiseachaidh
Foundation Apprentice

Rinn e greis eòlas-obrach aig MG ALBA nuair a bha e san sgoil. Tha e air Preantasachd Tòiseachaidh a dhèanamh anns na Meadhanan Didseatach Cruthachail
Completed work experience at MG ALBA whilst at school. Has undertaken a Foundation Apprenticeship in Creative Digital Media

"Tha an t-eòlas a thog mi aig MG air m' ùidh ann an obair riochdachaidh a bhrosnachadh agus san t-Sultain bidh mi a' dol gu Oilthigh Shruighlea gus oideachadh fhaighinn ann am Film agus Na Meadhanan. Tha mi an dòchas nach eil seo ach na thoiseach tòiseachaidh na mo shlighe sna meadhanan Gàidhlig."

"My experience at MG has inspired my love of production and this September I'll be attending the University of Stirling to study Film and Media. I hope that this is just the start of my journey in Gaelic media."

Lèirmheas Leasachaidh

Chuir gnìomhan leasachaidh MG ALBA fòcas air com-pàirteachadh a' cleachdadh Gàidhlig, com-pàirteachadh coimhearsnachd, leasachadh na roinne solair agus LearnGaelic.

COM-PÀIRTEACHAS

Stuth fèin-cruthaichte (ugc)

Mar a chaidh a mhìneachadh ann an Lèirsinn 2016-2021 MG ALBA, is e prìomh amas a bhith a' brosnachadh barrachd cruthachadh de ugc tro mheadhan na Gàidhlig.

Lean Cànan Graphics Stiùidio (CGS) air adhart leis a' chùmhnannt aca gus raon de ghnìomhan a lìbhrigeadh a bha ag amas air fàs nàdarach ugc a bhrosnachadh. Bha toraidhean eadar-dhealaichte aig na h-iomairtean le Seshnaseachdain air Instagram a' tàladh an luchd-leantainn a bu mhotha.

FilmG

Chunnaic FilmG an àireamh a bu mhotha a-riamh de dh'fhilmichean agus de sgrìobtaichean airson a' cho-fharpais. Bha isleachadh beag san roinn fhosgailte ach bha barrachd bhuidhnean bun-sgoile a' gabhail pàirt agus barrachd sgrìobtaichean air am faighinn.

Ann an 2019 chaidh duais eadar-nàiseanta a thoirt seachad airson a' chiad uair, leis na buannaichean (Àrd-sgoil Loch Abar) a' frithealadh CIAK Junior, bùth-obrach taigh-dhealbh òigridh eadar-nàiseanta, san Eadailt.

Bha cuirm nan duaisean a-rithist air leth soirbheachail le Rùnaire a' Chaibineit airson Ionmhas, Kate Fhoirbeis BPA a' toirt seachad duaisean, cuide ri leithid Jane McCarry a bhios a' cluich Isa Drennan ann an Still Game a' BhBC. Chaidh prògram de na pìosan a b' fheàrr bhon oidhche a chraoladh air BBC ALBA an t-seachdain às dèidh cuirm nan duaisean.



Development Review

MG ALBA's development activities focused on participation using Gaelic, community engagement, supply sector development and LearnGaelic.

PARTICIPATION

User Generated Content (ugc)

As set out in MG ALBA's Lèirsinn 2016-2021, a key objective is to stimulate increased generation of Gaelic medium ugc.

Cànan Graphics Studio (CGS) continued their contract to deliver a range of activities aimed at stimulating organic growth of ugc. The initiatives had wide-ranging results with Seshnaseachdain on Instagram attracting the most followers.

FilmG

FilmG saw the highest ever number of films and scripts for the competition. There was a slight dip in the open category while more primary groups participated and more scripts were entered.

In 2019 an international prize was awarded for the first time, with the winners (Lochaber High School) attending CIAK Junior, an international junior cinema workshop, in Italy.

The awards ceremony was once more a great success with the Cabinet Secretary for Finance, Kate Forbes MSP presenting awards, alongside favourites such as Jane McCarry who plays Isa Drennan in the BBC's Still Game. A highlights programme was broadcast on BBC ALBA in the week following the awards ceremony.

OILEANAICH

Ann an 2019 ghabh còignear oileanach greisean gnìomhachais samhraidh le MG ALBA.

Fhuair ceathrar oileanach bhon dàrna bliadhna de Dioplòma Sabhal Mòr Ostaig anns na Meadhanan Gàidhlig bursaraidhean gus taic a thoirt do na greisean gnìomhachais aca.

COIMHEARSNACHD AGUS LUCHD-ÙIDH

Sponsaireachd

Lean MG ALBA le bhith a' toirt taic sponsaireachd do dhà phrìomh thachartas com-pàirteachais, Na Trads agus Duaisean Ball-coise Boireannaich na h-Alba. Chaidh Duaisean Ciùil Traidiseanta MG ALBA 2019 a chumail ann an Talla Ciùil Obar Dheathain agus chaidh a chraoladh beò air gach cuid BBC ALBA agus air Radio Scotland. Tha an tachartas fhathast aig teis-mheadhan saoghal ciùil traidiseanta na h-Alba agus tha MG ALBA a' faighinn faicsinneachd agus aithne airson a thaic. Tha taic MG ALBA airson Duaisean Ball-coise Boireannaich na h-Alba air fhilleadh a-steach do shuidheachadh BBC ALBA mar dhachaigh spòrs nam ban, air àrdachadh ann an 2019 le craoladh Cupa Cruinne FIFA nam ban.

Chunnaic Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 ann an Glaschu cothroman airson taic sponsaireachd ealain is spòrs, le MG ALBA mar aon de na prìomh chom-pàirtichean air cùl taisbeanadh ealain seachdaineach *Glasgow Life* agus mar phrìomh bhuidheann-taic nam farpaisean spòrs aig Là Mòr na Spòrs. Chunnaic an dà thachartas raon farsaing de chom-pàirtichean bho air feadh speactram luchd-labhairt agus luchd-dealasach na Gàidhlig.

Lean MG ALBA air adhart le a dhealas a thaobh spòrs nam ban tro na h-amasan maoinachaidh coimhearsnachd aca le bhith a' toirt taic do sgioba Ball-coise Boireannaich nan Eilean Siar.

SGRIONAIDHEAN

Chaidh sreath de sgrionaidhean coimhearsnachd soirbheachail a chumail thar na bliadhna, nam measg: Sgoil nan Sagart agus Crodh Gàidhealach an Àird Bhàin ann am Beinn na Faoghla; Curaidh na Coille, FUNC, Rùn, Balach aig a' Mhullach, Rose Reilly agus Elena Baltacha ann an Glaschu agus ro-shealladh de FUNC san Eilean Sgitheanach. Chaidh sreath a sia de Bannan a shealltainn airson a' chiad uair aig Fèis Film Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann.

Chaidh dà sgrionadh eile a phlanadh ach chaidh an cur dheth air sgàth galar Covid-19. Bha 'That's the Way We Do It!', a' clàradh àrdachadh Peat & Diesel, clàraichte airson Steòrnabhagh agus bha dùil gum biodh 'The Women who Built Glasgow City' ri fhaicinn ann an Glaschu.

Tro sheachdain a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail ann an Glaschu, chaidh còig prògraman eadar-dhealaichte a thaisbeanadh, còmhla ri Ceistean & Freagarlean (Q&Aan) leis an sgioba, mar phàirt de thairgse ealain *Glasgow Life*. B' e na prògraman sin Bannan, FUNC, DIY le Donnie, Còisir Eurovision agus Na Milleni-Gaels.



STUDENTS

In 2019 five students undertook summer placements with MG ALBA.

Four students from the second year of Sabhal Mòr Ostaig's Diploma in Gaelic Media received bursaries to support their industry placements.



COMMUNITY AND STAKEHOLDERS

Sponsorship

MG ALBA continued with its title sponsorship of two major partnership events, Na Trads and the Scottish Women's Football Awards. 2019's MG ALBA Scots Trad Music Awards took place in Aberdeen Music Hall and was broadcast live on both BBC ALBA and on Radio Scotland. The event continues to be a focal point for the traditional music scene in Scotland and MG ALBA gains visibility and recognition for its support. MG ALBA's sponsorship of the Scottish Women's Football Awards is integrated into BBC ALBA's positioning as the home of Scottish Women's sport, enhanced in 2019 by coverage of the FIFA Women's World Cup.

The 2019 Royal National Mod in Glasgow saw opportunities for arts and sports sponsorship, with MG ALBA being one of the key partners behind Glasgow Life's week-long art showcase and the main sponsor of the sports competitions at Là Mòr na Spòrs. Both events saw a wide range of participants from across the spectrum of Gaelic speakers and enthusiasts.

MG ALBA continued its commitment to women's sport through its community funding objectives by supporting the Western Isles Women's Football team.



LEASACHADH ROINN SOLARACHAIDH

Tha cosgais trèanaidh a' leantainn air adhart a' dèiligeadh ri prìomh chùisean leithid cunnart dìth sgilean deasachaidh. Tha seo gu sònraichte a' toirt buaidh air solar aithriseachd firinn gu BBC ALBA, agus mar sin chuir MG ALBA pàirt-mhaoineachaidh ri Preantasachd Ùr-nòsach anns na Meadhanan Cruthachail is Didseatach le fòcas air sgilean deasachaidh aig macTV. A thuilleadh air tabhartas ri tuarastal, bha e a' gabhail a-steach trèanadh aig MG ALBA. Tha an t-amas a' leantainn air adhart airson trì Preantasan Tòiseachaidh fhadastad anns na Meadhanan Cruthachail agus Didseatach ann an Uibhist a Deas agus Barraigh, ann an com-pàirteachas le Ceòlas agus Am Pàipear, agus le taic leantainneach bho Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), Leasachadh Sgilean na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig. Cha do shoirbhich le bhith a' fastadh anns a' bhliadhna acadaimigeach 2019-20, ach tha com-pàirtichean a' leantainn air adhart a' brosnachadh fastadh airson 2020-21.

A thuilleadh air taic deasachaidh, fhuair companaidhean taic gus trèanadh stiùiridh ioma-camara a dhèanamh agus trèanadh fèin-losgadh. Lean leasachadh chompanaidhean a bha àrd-amasach airson fàs, a' gabhail a-steach tro eadar-nàiseanachadh. Fhuair sia companaidhean taic dhìreach: fhuair Bees Nees, macTV, Corcadal,

Mast-Àrd agus Caledonia taic gus pàirt a ghabhail ann an comhairleachadh ghnòthaichean sònraichte a chaidh a libhrigeadh tro FOCUS (co-iomairt Iomairt na h-Alba/Sgrion Alba). Fhuair TrixPix taic gus trèanadh Sgilean Co-rèiteachadh a dhèanamh. Chuir grunnan de na companaidhean sin a-steach gu soirbheachail airson iomairtean eile mar thoradh air obair FOCUS, a' gabhail a-steach leasachadh bho Sgrion Alba, agus maoin leasachaidh Maoin Meadhanan Chanada. A thaobh na Gàidhlig, chaidh deichnear bho dhiofar chompanaidhean gu trèanadh cànan Gàidhlig trì là airson luchd-labhairt fileanta air an libhrigeadh le Ruaraidh MacIlleathain. Ann an sgilean cruthachail, tha MG ALBA a' leantainn air adhart le taic don *Young Films Foundation*. Fhuair dà Stiùiriche Trèanaidh, Neach-stiùiridh Trèanaidh Sgrìobt agus Sgrìobhadair Trèanaidh uile taic air Bannan.

Tha ro-innleachd trèanaidh a' ghnìomhachais, còmhla ri greisean gnìomhachais Sabhal Mòr Ostaig, fhathast a' faighinn fiosrachadh bho Bhuidheann Comhairleachaidh Trèanaidh a' Ghnìomhachais. A bharrachd air riochdairean bho SMO agus MG ALBA, tha Midas, Nemeton, Caledonia, macTV, Sorbier agus am BBC uile air an riochdachadh air a' bhuidhinn seo.



43



44

SCREENINGS

A series of successful community screenings were held across the year, including: Sgoil nan Sagart and Crodh Gàidhealach An Àird Bhàin in Benbecula; Curaidh na Coille, FUNC, Rùn, Balach aig a' Mhullach, Rose Reilly and Elena Baltacha in Glasgow and a preview of FUNC in Skye. Series six of Bannan was premiered at the Edinburgh International Film Festival.

Two further screenings were planned but cancelled due to the Covid-19 pandemic. 'That's the Way We Do It!' charting the rise of Peat & Diesel, was scheduled for Stornoway and 'The Women who Built Glasgow City' was due to be shown in Glasgow.

During Royal National Mòd week in Glasgow, five different programmes were showcased, along with Q&As with the cast, as part of the Glasgow Life arts offering. Those programmes were Bannan, FUNC, DIY le Donnie, Còisir Eurovision and Na Milleni-Gaels.



45

SUPPLY SECTOR DEVELOPMENT

Training spend continues to address key issues such as the risk of a lack of editing skills. This particularly affects the supply of factual documentary to BBC ALBA, and MG ALBA therefore part-funded a Modern Apprenticeship in Creative and Digital Media with a focus on editing skills at macTV. In addition to a contribution to salary, it included training at MG ALBA. The ambition to recruit three Foundation Apprentices in Creative and Digital Media in South Uist and Barra, in partnership with Ceòlas and Am Pàipear, and supported by HIE, Skills Development Scotland and Bòrd na Gàidhlig remains. Recruitment was not successful in the 2019-20 academic year, however partners are continuing to encourage recruitment for 2020-21.

In addition to editing support, companies received support to undertake multi-camera directing training and self-shooting training. Development of companies ambitious for growth, including through internationalisation, continued. Six companies were directly supported: Bees Nees, macTV, Corcadal, Mast-Àrd and Caledonia all received support to participate in bespoke business affairs mentoring delivered through FOCUS (the Scottish Enterprise/Screen Scotland joint initiative). TrixPix received support to undertake Negotiating Skills training. Several of these companies successfully applied for other initiatives as a result of the FOCUS work, including Screen Scotland Slate development, and the Canada Media Fund's development fund. In Gaelic language, ten individuals from a variety of companies attended three-day Gaelic language training for fluent speakers delivered by Ruaraidh Maclean. In creative skills, MG ALBA continues its support for the Young Films Foundation. Two Trainee Directors, a Trainee Script Supervisor and a Trainee Writer were all supported on Bannan.

The industry training strategy, along with the Sabhal Mòr Ostaig industry placements, continues to be informed by the Industry Training Advisory Group. In addition to representatives from SMO and MG ALBA, Midas, Nemeton, Caledonia, macTV, Sorbier and the BBC are all represented on this group.

▲ 43%

ÀRDACHADH ANN AN LUCHD- CLEACHDAIDH LEARNGAELIC

MORE USERS OF LEARNGAELIC

IONNSACHADH

Sheall dèanadas LearnGaelic fàs leantainneach. Bha seallaidhean duilleig den làrach-lìn suas 13% gu 2.8m, chaidh seiseanan suas 18% gu 1m agus luchd-cleachdaidh fa leth suas 43% gu cuibheasachd mìosail de 37k. Ann an 2019-20, lean fòcas is seilbheach gu stèidheachadh LearnGaelic mar bhrannnd shoirbheachail Gàidhlig le fòcas air com-pàirteachadh luchd-cleachdaidh agus a' meudachadh an dol an sàs aca leis an làraich ùir.

Chaidh sgoilearachd a mhaoineachadh aig Sgoil Ealain Ghlaschu airson MSc Geamaichean Reachdmhor agus Mas-fhiorachd agus chaidh dà inntearnach fhastadh bhon chùrsa seo le LearnGaelic, agus cheumnaich an dithis aca gu soirbheachail. Thug an leudachadh seo cothrom do sgioba LearnGaelic an obair aca a thoirt air adhart air frèam didseatach ùir agus goireasan ionnsachaidh Gàidhlig a chruthachadh.

Chaidh neach-obrach pàirt-ùine, Riochdaire Leasachaidh Didseatach, fhastadh sa Mhàrt 2020. Is e raon-ùghdarrais na dreuchd seo susbaint, innealan, fiosrachadh agus goireasan air an làrach-lìn a bharrachadh agus dèanamh cinnteach gu bheil e a' coinneachadh agus a' dol thairis air feumalachdan agus dùilean luchd-cleachdaidh. Tha an dreuchd seo a' toirt comas do luchd-cleachdaidh LearnGaelic cumadh a thoirt air susbaint LearnGaelic, toraidhean didseatach agus air a' bhrannnd san àm ri teachd.

Chaidh a' bhuidheann cruth-atharrachadh didseatach *Primate* a choimiseanadh gus ath-dhealbhadh a dhèanamh air an làrach-lìn agus chaidh seo a chuir air bhog san Dàmhair 2019. Chaidh na goireasan LearnGaelic a bha ann agus susbaint ùr a cho-thaobhadh ris an fhrèam ionnsachaidh dhidseatach ùir. Am measg na susbaint ùir bha sreath de bhidiothan air-loidhne le UistFilm (air an coimiseanadh le taic bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba). Nam measg bha susbaint shanasachd, ghràmair agus fhuaimneachaidh. Tha an làrach-lìn ùr air àrd-ùrlar làidir a thoirt seachad airson susbaint ùir a chur air bhog san àm ri teachd.

Am measg soirbheachasan sònraichte tha stiùireadh fuaimneachaidh ùir do luchd-tòiseachaidh agus ìre fàis bliadhnaile de 182% den chuairt-litir seachdaineil. Chòrd susbaint leithid a bhith a' comharrachadh Cupa Cruinne nam Ban, A-U den Mhòd agus an stuth sanasachd a chaidh a choimiseanadh bho Uist Films ri luchd-leantainn meadhanan sòisealta LearnGaelic. Chaidh 100,000 neach a ruighinn air Twitter leis an tweet a bu mhotha againn, a bha na shealladh chruthachail air eadar-theangachaidhean litireil Gàidhlig de nithean. Chaidh fàilte a chuir air luchd-cleachdaidh LearnGaelic agus thèid tuilleadh neartachaidh a dhèanamh air a' chom-pàirteachas dheanamach seo.



Learn
Gaelic!



LEARNING

Performance of LearnGaelic showed continued growth. Page views of the website were up 13% to 2.8m page views, sessions were up 18% to 1m and unique users up 43% to a monthly average of 37k. In 2019-20, focus and investment continued to be channelled into the establishment of LearnGaelic as a thriving Gaelic brand focused on user-engagement and maximising the user experience of the new redesign.

A scholarship was funded at the Glasgow School of Art for an MSc Serious Games and Virtual Reality and two interns were recruited from this course by LearnGaelic, both of whom graduated successfully. This expansion enabled the LearnGaelic team to advance their work on a new digital framework and to create Gaelic learning resources.

A part-time staff member, a Digital Development Producer, was appointed in March 2020. The remit of this post is to optimise the content, tools, information and resources on the website and ensure that it meets and exceeds users' needs and expectations. This appointment enables the LearnGaelic audience to shape the future of the LearnGaelic content, digital products and the brand.

The digital transformation agency Primate were commissioned to undertake a redesign of the website and this launched in October 2019. Existing LearnGaelic resources and new content were aligned with the new digital learning framework. New content included a series of online videos by UistFilm (commissioned with support from Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government). These included promotional, grammar and pronunciation content. The new website has provided a strong platform to launch new content in the future.

Notable successes include a new pronunciation guide for beginners and annual growth rate of 182% of the weekly newsletter. LearnGaelic's social media followers enjoyed content such as celebrating the Women's World Cup, an A-U of the Mòd and the promotional content commissioned from Uist film. Our top tweet made almost 100,000 impressions on Twitter and was a whimsical look at Gaelic's literal translations of items. The contribution of LearnGaelic's users was welcome and this vital partnership will be further strengthened.

Aithris Riaghlaidh

Chaidh MG ALBA a stèidheachadh (fon ainm Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig) fo ullachadh Achd Conaltraidh 2003, Earrannan 208-210, gus dèanamh cinnteach gum bi raon farsaing agus measgaichte de dheagh phrògraman Gàidhlig air an lìbhrigeadh tro chraoladh no eile gu sluagh na h-Alba.

Tha ùghdarras air a thoirt do MG ALBA airson prògraman a dhèanamh agus ceadan craolaidh a chumail a bharrachd air an fheadhainn shònraichte air an liostadh ann an Earrann 183(4B) de Achd Craolaidh 1990 (air a chur a-steach le S.208 de Achd Conaltraidh 2003). Tha MG ALBA a' lìbhrigeadh a chuid dleastanasan fo Earrannan 183 agus 184 de Achd Craolaidh 1990, Earrannan 32 agus 95 de Achd Craolaidh 1996 agus Pàipearan-taic co-cheangailte riutha a thaobh maoinachadh phrògraman Gàidhlig, trèanadh, rannsachadh agus obair co-cheangailte.

Tha e cudromach do MG ALBA gu bheil irean àrda de riaghladh corporra agus dòighean-giùlain beusail aig a' bhuidhinn. Cho fad 's a tha e freagarrach do shuidheachadh MG ALBA, tha am Bòrd ag amas air a bhith a rèir nan ullachaidhean iomchaidh de Chòda Riaghlaidh Chorporra na RA a bhios air fhoillseachadh bho àm gu àm leis a' Chomhairle Aithris Ionmhasail. Tha an t-uallach iomlan air a' Bhòrd airson dèanamh cinnteach gun cum MG ALBA suas siostam in-smachd a bhios a' lùghdachadh riosgan agus a' dìon so-mhaoin agus ùidhean MG ALBA, agus a bheir don Bhòrd barantas reusanta gum faod earbsa a bhith aca san fhiosrachadh ionmhasail a thèid a chleachdadh a-staigh agus fhoillseachadh a-muigh.

Ged nach urrainn do shiostam in-smachd sam bith làn bharantas a thoirt an aghaidh mì-aithris, call no mì-riaghladh a thaobh so-mhaoin MG ALBA, tha na siostaman a tha an sàs deilbhthe airson comharrachadh do na buill cùisean air am feumar sùil a thoirt ann an deagh àm gus an tèid beachdachadh orra agus dèiligeadh riutha gu h-iomchaidh.

Tha am Bòrd air trì comataidhean a stèidheachadh gus taic a thoirt dhaibh ann a bhith a' lìbhrigeadh a chuid dhleastanasan.

Tha an Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh a' comhairleachadh a' Bhùird a thaobh a bhith a' làimheachadh riosgan, siostaman in-smachd agus poileasaidh pàighidh an luchd-obrach. Tha am Bòrd a' toirt ùghdarras manaidsèadh practaigeach

an sgrùdadh bhon taobh a-muigh dhan Chomataidh Sgrùdaidh, aig a bheil uallach beachdachadh air a' phlana sgrùdaidh agus na toraidhean a thig às. Tha a' Chomataidh cuideachd a' comhairleachadh a' Bhùird air toraidhean sgrùdaidhean in-thaigh, a bhios a' cur fòcas gach bliadhna air cuspairean fa leth den ghnothachas.

Tha an Comataidh Inbhean a' comhairleachadh a' Bhùird mu na prògraman a tha air an craoladh le BBC ALBA, agus mu thrèanadh agus rannsachadh.

Tha an Comataidh Ainmeachaidh a' cuideachadh le bhith a' planadh airson an ama ri teachd a thaobh nam ball le bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid feumalachdan sgilean bhall an comharrachadh sa bhad agus gus Ofcom a chuideachadh sa phròiseas fastaidh foirmeil airson buill ùra.

Tha buill a' Bhùird gan cur an dreuchd le Ofcom le aonta Mhinistearan Riaghaltas na h-Alba. Tha seo a' ciallachadh gu bheil iomadachd a' Bhùird na ghnothach airson Ofcom agus ann an 2019-20 bha riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd aig 35.7% agus riochdachadh fhìreannach aig 64.3%. Air 31 Màrt 2020 bha riochdachadh bhoireannach air a' Bhòrd 45% agus fhìreannach 55% agus gluaisidh seo gu 50/50 sa Chèitean. Tha suas ri 12 ball air a' Bhòrd, a' gabhail a-steach an Cathraiche. Bidh gach ball san dreuchd airson suas ri ceithir bliadhna. Feumaidh buill ainmichte le Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean (HIE), am BBC agus Bòrd na Gàidhlig a bhith am measg nam ball. Feumaidh Ofcom dèanamh cinnteach, cho fad 's as urrainn dhaibh, gu bheil ùidhean a' ghnìomhachais riochdachaidh neo-eisimeilich air an riochdachadh mar bu chòir air a' Bhòrd.

Bho àm gu àm bidh am Bòrd agus na comataidhean a' sgrùdadh agus ag ùrachadh phoileasaidhean agus pàipearan corporra, a tha rim faighinn aig www.mgalba.com

Tha Bòrd MG ALBA, a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh agus a' Chomataidh Inbhean a' coinneachadh co-dhiù gach ràith. Tha a' Chomataidh Ainmeachaidh a' coinneachadh co-dhiù uair sa bhliadhna. Ann an 2019-20, ghabh am

Governance Statement

MG ALBA was established (as Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig or the Gaelic Media Service) under the provisions of the Communications Act 2003, Sections 208-210, to ensure that a wide and diverse range of high-quality programmes in Gaelic is broadcast or otherwise transmitted so as to be available to persons in Scotland.

MG ALBA is empowered to make programmes and can hold broadcast licences other than those specifically listed in Section 183(4B) of the Broadcasting Act 1990 (inserted by S.208 Communications Act 2003). It discharges the functions set out in Sections 183 and 184 of the Broadcasting Act 1990, Sections 32 and 95 of the Broadcasting Act 1996 and related Schedules in relation to the financing of Gaelic programmes, training, research and related activities.

MG ALBA is committed to high standards of corporate governance and ethical behaviour. As far as is appropriate to the circumstances of MG ALBA, the Board seeks to comply with relevant provisions of the UK Corporate Governance Code issued from time to time by the Financial Reporting Council.

The Board has overall responsibility for ensuring that MG ALBA maintains a system of internal controls that minimise risk, safeguard MG ALBA's assets and interests, and provides the Board with reasonable assurance of the reliability of the financial information used internally and for external publication.

Although no system of internal controls can provide absolute assurance against material misstatement, loss or mismanagement of MG ALBA's assets, the systems in place are designed to identify matters to the members that require attention on a timely basis so that they may be considered and dealt with appropriately.

The Board has established three committees to assist in the discharge of its functions.

The Audit & Assurance Committee advises the Board on MG ALBA's risk management, internal controls and staff remuneration policy. The Board delegates the practical management of the external audit to the Audit Committee, who are responsible for considering the audit plan and audit findings in depth. The Committee also advises the Board on the findings of internal audits,

which focus annually on individual areas of the business.

The Standards Committee advises the Board on media content broadcast by BBC ALBA, training and research.

The Nominations Committee assists the Board with effective succession planning by ensuring that any Board member skills requirements are promptly identified and by assisting Ofcom in the formal recruitment process for new members.

The composition of the Board is determined by Ofcom with the approval of the Scottish Ministers. This means that the diversity of the Board is a matter for Ofcom and in 2019-20 comprised 35.7% female and 64.3% male representation. On 31 March 2020 the board comprised 45% female and 55% male and will move to 50/50 in May. The Board is comprised of up to 12 members including the Chairperson. Each Board member serves for a period of up to four years. The Board must include members nominated by HIE, the BBC and Bòrd na Gàidhlig. Ofcom must also secure, so far as is practicable, that the Board's membership is such that the interests of the independent production sector are adequately represented.

The Board and its committees periodically review and revise policies and corporate documents, which are available at www.mgalba.com.

The MG ALBA Board, Audit & Assurance Committee and Standards Committee meet at least quarterly. The Nominations Committee meets at least once annually. In 2019-20, the Board took advice from its Committees and dealt with the matters raised by them.

The Chief Executive has overall responsibility for ensuring that good governance regarding Risk Management is properly discharged and that the Board and its committees have sufficient assurance that key strategic risks are being appropriately managed.



Bòrd comhairle bho na Comataidhean agus dhèilig iad ri na gnothaichean a chaidh a thogail leotha.

Tha an t-uallach iomlan air an Àrd-Oifigear gu bheil dleastanas air a choileanadh co-cheangailte ri riaghladh iomchaidh a thaobh Manaidseadh Riosg agus gu bheil dearbhadh iomchaidh aig a' Bhòrd agus aig na Comataidhean gu bheil prìomh riosgan ro-innleachdail gan làimhseachadh gu h-iomchaidh.

Tha am Bòrd a' cur an Àrd-Oifigear an dreuchd, le uallach dèanamh cinnteach gu bheil iomchaidheachd, riaghailteachd agus luachan-airgid air caiteachas MG ALBA. Tha an Cathraiche a' coinneachadh gu cunbhalach ris an Àrd-Oifigear a tha an sàs bho là gu là anns gach roinn de dh'obair MG ALBA. Gach trì mìosan, tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh – air a bheil an t-Àrd-Oifigear, Stiùiriche Ionmhais, Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlair, Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh agus am Manaidsear Gnìomhachais a' coimhead gu mionaideach ri aithisgean ràitheil air gach roinn de dh'obair na buidhne. Tha pasgain de dh'aithisgean ràitheil air a chur air adhart chun Chomataidh Inbhean agus chun Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh, agus às dèidh sin chun a' Bhùird. A thuilleadh air sin, tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh a' coinneachadh co-dhiù gach mìos airson sùil a chumail air cur-an-gnìomh a' Phlana Obrachaidh bhliadhna airson dèiligeadh ri gnothaichean ionmhais agus gu coinneachadh ri cùisean gnothachais eile agus cùisean luchd-obrach.

Bidh luchd-sgrùdaidh MG ALBA bhon taobh a-muigh a' toirt laigsean sam bith gu aire a' Bhùird rè an sgrùdaidh bhliadhna. Bithear a' sgrùdadh nithean cudromach agus cunnartan sam bith a thèid a lorg agus thèid dèiligeadh riutha ann an dòigh iomchaidh. Cha deach laigsean cudromach sam bith a lorg ann an 2019-20.

Tha am Bòrd a' gabhail ri Plana Obrachaidh bliadhna a tha a' feuchainn ri adhartas a dhèanamh mu choinneimh nan amasan ann an Lèirsinn 2021, ro-innleachd 5 bliadhna na buidhne. Tha an coileanadh a rèir Plana 2019-20 air a chur an cèill air duilleag 20 san aithris mu na Prìomh Chomharran Dèanadais.

Tha cinn-buidseit air an sgrùdadh gach mìos a rèir slatan-tomhais a' Phlana Obrachaidh. Tha aithisgean agus cunntasan gan deasachadh airson luchd-stiùiridh na buidhne agus airson a' Bhùird.

Tha uallach air an Sgioba Àrd-Stiùiridh a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Plana Manaidseadh Àrainneachdail agus planaichean gnìomh co-cheangailte na buidhne air an cumail suas. Tha an Sgioba Àrd-Stiùiridh gu cunbhalach a' faighinn aithisgean air cùisean Gnothaichean Daonna (HR) agus Slàinte agus Sàbhailteachd. Bidh teisteanasan Slàinte agus Sàbhailteachd airson gach togalach aig MG ALBA air an ùrachadh gach bliadhna agus bidh aithisg air a chur chun a' Bhùird.

